Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
Taigh-òsta Gàidhealach, Sruighlea
Dihaoine 23 Sultain 2022 @ 2f

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an Taigh-òsta Gàidhealach, Sruighlea, Dihaoine 23mh Sultain 2022 bho 2f.

Clàr Chùisean

3.2022.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	

3.2022.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(c)	Lèirmheas air pròram an t-samhraidh agus sùil air adhart	Aithris airson Fiosrachaidh agus Aontachaidh
(d)	Co-chomhairleachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28	Aiirson Fiosrachaidh
(e)	Aithisg air builean Fèisean nan Gàidheal	Aithris aiirson Fiosrachaidh

3.2022.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2022-23	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(b)	Suimeannan airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2022	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2022-23	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2022	Airson Aontachaidh
(f)	Luchd-sgrùdaidh: Dearbhadh air Mann Judd Gordon	Airson Aontachaidh
(g)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
(h)	Virgin Money agus goireas CAF	Aithris airson Deasbaid agus Fiosrachaidh

3.2022.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Tuarastail luchd-obrach	Aithris airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

3.2022.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Ballrachd a' Bhùird	Airson Fiosrachaidh
(b)	Pròram na Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2022	Airson Fiosrachaidh
(c)	Aithisg Bhliadhnail 2022	Airson Aontachaidh
(d)	Stòrasan Alba Chruthachail: Tasgadh is Maoin nan Ealan Gàidhlig	Aiirson Fiosrachaidh

3.2022.06 EILE

(a)	G I S B E	
(b)	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 09.12.2022	Airson Fiosrachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta na Lùchairt agus air loidhne Dihaoine 20 Cèitean 2022 bho 1.00f

2.2022.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

Anna NicAmhlaigh, Carola NicCaluim, Seòras Stoddart, Cailean Sandilands, Sarah-Jayne Shankland, Alasdair Paul, Art MacCarmaig (a' frithealadh), Anna Willoughby (a' frithealadh), Calum Ailig MacMhaoilein (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Lùcas Slater (a' frithealadh).

Ghabh Seòras Stoddart a' chathair leis mar nach robh Anna Mhoireach no Ciorstaidh NicDhùghaill an làthair.

Rinn Aonghas MacLeòid agus Calum Ailig MacMhaoilein eadar-theangachadh mar-aon.

Thugadh fainear, le co-bhròn, bàs Jessie Newton a bha na h-iar-bhall de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal. Bha Art air sgrìobhadh gu Ian, an duine aig Jessie, agus gu Raonaid, an nighean aca, airson co-fhaireachdainn na buidhne a chur thuca agus bha e air a bhith aig an tiodhlacadh aice ann an Dùn Èideann. Bha Jessie air obair mhòr a dhèanamh ann am Fèis Dhùn Èideann agus ann an gluasad nam Fèisean san fharsaingeachd.

Chaidh meal-a-naideachd a chur air Abi Lightbody is Barry Reid is iad air pòsadh o chionn ghoirid.

Chaidh deagh dhùrachdan a chur gu Peigi Anna Shields a bha gus tòiseachadh air fòrladh màthaireil.

Chaidh taing a chlàradh do Charoline Swain airson iomadh bliadhna de chomhairle is de thaic leis mar a bhios i a' fàgail Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a dh'aithghearr.

(b) Leisgeulan

Anna Mhoireach (Cathraiche), Ciorstaidh NicDhùghaill (Leas-chathraiche), Angela Mack, Ceitidh NicAonghais, Siobhan NicAnndrais (Alba Chruthachail), Lena Nic an Fhùcadair (Comhairle na Gàidhealtachd), Mòrag Anna NicLeòid NicMhìcheil, (Comhairle na Gàidhealtachd), Màiri Bhochanan (IGE), Donnchadh MacNèill (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid), Caroline Swain (Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 4 Màrt 2022 a chuairteachadh.

Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chunntas fìrinneach den choinneimh, air a mholadh le Alasdair Paul is Carola NicCaluim a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Chaidh seiseannan a chumail air loidhne a thaobh Poileasaidh Àite Sàbhailte far an do thog 25 riochdairean Fèise ceistean is bha deasbad air a' phoileasaidh ùr.

Chaidh oifis Inbhir Nis fhaighinn le Sandy Rennie, tro cheannach maoin peinnsein gun atharrachadh sam bith air cùmhnantan a' ghabhaltais againne.

2.2022.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith a' cur Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Bhathar air aithisg le Art MacCarmaig air adhartas a' chlàir-obrach gu deireadh na Màrt 2022 a chuairteachadh.

Bha buill a' Bhùird toilichte leis an adhartas is thugadh fainear dha.

(b) Aithisgean adhartas an Luchd-obrach

Bhathar air aithisgean adhartais bhon luchd-obrach a sgaoileadh agus thug buill a' Bhùird fainear do na bha annta.

Thug Seòras Stoddart taing as leth a' Bhùird do na h-uile airson an dìchill.

(c) Sùil air ais air a' chlàr bhon Mhàrt 2022 is air adhart

Chuir Art MacCarmaig, Eilidh NicCoinnich agus Calum Ailig MacMhaoilein lèir-chunntas an cèill air a' chlàr-obrach a tha ga chur an gnìomh le Fèisean nan Gàidheal an-dràsta agus san àm romhainn.

Bidh 5 Latha a' tachairt ann an ciad sheachdain làithean-saora an t-samhraidh an dèidh dha dàil a chur ann na bu tràithe air a' bhliadhna air sàilleabh a' Chòbhad.

Gabhaidh Blas àite san t-Sultain am-bliadhna. Chan urrainn dhan rianadair àbhaisteach againn uimhir a dh'obair a ghabhail os làimh 's a b' àbhaist dhi, air sàilleabh dleasdanais eile, mar sin math dh'fhaoidte gum feum sinn cobhair a bharrachd a shireadh taobh a-muigh na buidhne.

Tha pròg ram Luchd-ciùil Treòir nam Fèis air mhuinntireas a' tighinn gu crìoch agus ullaichidh Art MacCarmaig athisg do dh'Alba Chruthachail nuair a tha e deiseil.

Bidh Fèisean a' gabhail àite a-rithist as t-samhradh agus tha mòran aca trang ag ullachadh le taic nach beag bho ar n-oifigearan leasachaidh. Tha cuid de sgoiltean nach fhaighear fhathast is cuid eile air fàs ro dhaor, rud a tha air grunn Fhèisean a chumail air ais gu mòr.

Tha Treòir | Voar | Virr a' tighinn gu crìoch. Leis mar a bha 70 oidean gam fastadh agus còrr is 80 sgoiltean na lùib, chaidh gu math leis a' phròiseact a dh'aindheoin cion ùine ullachaidh. Tha film is pod-chraoladh mun phròiseact air a choimiseanadh.

Bha cuireadh air tighinn bho Urras Uilleim Ghrannd a bhruidhinn riutha mu mhaoineachadh obair Fèisean nan Gàidheal. Bha a' chiad chòmhradh air a bhith aig a' Cheannard ri riochdairean an urrais agus bha e air pàipear fiosrachaidh a chur thuca. Thathar an dùil gum bi an tuilleadh còmhraidh riutha aon uair 's gu bheil iad air beachdachadh air.

(d) Plana Clàir 2022-27

Thug Art MacCarmaig am fios as ùire air Plana Clàir 2022-27. Bhathar air beachdan iarraidh air na Feìsean agus is dòcha gun tèid dreachd ùr a chuairteachadh ma bheir na beachdan sin atharrachadh sam bith air.

Chaidh a mholadh gum bu chòir barrachd fiosrachaidh a thaobh ìsleachadh sgaoileadh gualain a chur sa phlana dheireannach.

(e) Rannsachadh air toradh obair Fèisean nan Gàidheal

Fhuaras an dreachd mu dheireadh den aithisg is chaidh a chuairteachadh chun a' Bhùird.

Thuirt an Ceannard nach biodh ach atharrachaidhean beaga ann a-nis agus gu bheil e coltach gum fàgar am fiosrachadh innte mar a tha e.

Thugadh fainear, ged a tha am fiosrachadh gu math feumail, gun toireadh aithisg dhealbhaichte an aire don phrìomh-fhiosrachadh na b' fheàrr agus gun toireadh i dealbh na bu shoilleire don luchd-leughaidh.

Ged a bha an t-adhartas air toirt na b' fhaide na bhathar an dùil, bha am Bòrd toilichte leis an aithisg agus bha fiughair aca ris an dreachd dheireannach san t-Sultain.

(f) Co-comhairle air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Tha co-chomhairleachadh air dreachd den Phlana Nàiseanta a' dol an-dràsta, le beachdan gan iarraidh ro dheireadh an Iuchair.

Chaidh aontachadh gun ullaicheadh Art MacCarmaig freagairt is gun cuireadh e seo a-steach, le aonta a' Chathraiche, as leth Fèisean nan Gàidheal. Thèid am freagairt a chuairteachadh chun a' Bhùird.

Mhol an Ceannard gum bu chòir do bhuill a' Bhùird am freagairtean fhèin a chur a-steach as leth am Fèisean fhèin.

2.2022.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Buidseat Ath-leasaichte 2022-23

Mar thoradh air fiosrachadh ùr mu ghrunn sruthan maoineachaidh, gu h-àraidh maoin a bharrachd ga thabhann le Alba Chruthachail, chaidh buidseat ath-leasaichte a chuairteachadh airson aonta.

Thugadh fainear do seo agus dh'aontaich am Bòrd ris.

(b) Teachd a-steach agus Cosgaisean 2022-23

Bhathar air aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a chuairteachadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean le gnothaichean ionmhais gu 30 Giblean 2022, le mìneachadh air diofaran.

Thugadh fainear dha le buill a' Bhùird.

(c) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh mu dheireadh

Mar a bha na cunntasan aig an àm:
- Cunntas Làitheil - £13,392.03
- Cunntas Àrd-rèidh - £713,999.17
- Cunntas Blas - £3,918.11
- An t-Urras Leasachaidh - £8,475.07

Thugadh an aire gun deach suim a phàigheadh ann am mearachd le Riaghaltas na h-Alba do dh'Fhèisean nan Gàidheal is thèid seo thilleadh thuige nuair a gheibhear fiosrachadh air cunntas a' bhanca dom bu chòir a phàigheadh.

Thugadh fainear do na suimeannan le buill a' Bhùird.

(d) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2022

Bhathar air Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Màrt 2022, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a chuairteachadh.

Thugadh fainear dhaibh le buill a' Bhùird.

(e) Tabhartasan do na Fèisean 2022-23

Bhathar air liosta de thabhartasan a chaidh aontachadh do dh'Fhèisean a chuairteachadh aig a' choinneimh mu dheireadh is chaidh innse, mar a chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh, gun deach am pàigheadh do dh'Fhèisean na Càisge.

Cha robh còmhradh air na suimeannan a thugadh do na Fèisean air leth agus chaidh na tabhartasan aontachadh leis a' Bhòrd.

(f) A' cothromachadh Maoineachaidh gu 31 Màrt 2022

Chaidh aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh gum faoidte an còrr den mhaoin a bha air fhàgail aig deireadh na bliadhn' ionmhais 2021-22 a chleachdadh a-rèir mar a shaoil an Ceannard iomchaidh, taobh a-staigh crìochan an airgid a bha ceadaichte dha agus cumhachan sam bith co-cheangailte ris a' mhaoineachadh, le aithisg air a' mhaoin a chaidh cosg ga toirt do bhuill a' Bhùird mar fhiosrachadh.

Dh'innis Art MacCarmaig mar a chaidh an t-airgead a roinn, rud nach robh ro mhòr am-bliadhna, ach b' e a' bhuil a bha ann gun robh lùghdachadh beag san tasgadh againn ann an 2021-22

Mar fhreagairt air ceist bho Sheòras Stoddart, dhaingnich an Ceannard nach fhaca e cunnart sam bith sa bhuil seo do mhaoin na buidhne san fharsaingeachd on a bhiodh an tasgadh ris am biodh dùil an dèidh do na cunntasan a bhith air an sgrùdadh fhathast barrachd air an t-suim a bha a dhìth a-rèir poileasaidh tasgadh Fèisean nan Gàidheal.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' conaltradh gu cunbhalach leis na buidhnean a mhaoinicheas ar pròg ram agus bhathar air aithisg le Art MacCarmaig a chuairteachadh airson am fios as ùire a thoirt do bhuill a' Bhùird air mar a tha ar n-aontaidhean riutha.

Thugadh fainear don aithisg le buill a' Bhùird is rinn iad toileachas gu h-àraidh ris a' mhaoin a bharrachd bho Alba Chruthachail is cuideachd ris an taic-airgid leantainnich airson dreuchd Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar.

2.2022.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh as ùire

Tòisichidh Peigi Anna Shields air a fòrladh màthaireil a dh'aithghearr.

Cha robh iarrtas idir air a bhith ann airson dreuchd mhàthaireil Oifigear Leasachaidh sna h-Eileanan Siar. Cuirear ceann-là ùr air dòigh is thèid a shanasachadh a-rithist a dh'aithghearr.

Bha Laura NicNeacail air co-dhùnadh Fèisean nan Gàidheal fhàgail airson dreuchd ùr a ghabhail os làimh. Thugadh taing do Laura airson a dìchill nuair a bha i ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.

Mhol Anna NicAmhlaigh gun rachadh na sanasan air loidhne a chuimseachadh na bu chinntiche airson gach dreuchd.

Bha buill a' Bhùird air an dòigh gun robh Lùcas Slater air tilleadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal an dèidh greis ghoirid ann an dreuchd eile.

2.2022.05 CÙISEAN OBRACHAIDH

(a) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2022

Bha còmhradh ann mun ath Choinneimh Bhliadhnail is air a' cho-labhairt, agus 's e a bhith an làthair a chèile an roghainn a b' fheàrr seach tachartas air loidhne, ged a dh'fhaoidte tomhas de shruthadh-beò a chumail.

Chaidh a mholadh gun rachadh aoigh-labhairt le ceangal ri Iomairt Ceòl na h-Òigridh a thaghadh gus 20 bliadhna den obair aca a chomharrachadh.

B' e Sruighlea an t-àite a b' fheàrr le daoine air sàilleabh a shuidheachaidh agus nan ceanglaichean ri còmhdhail phoblach. Thugadh iomradh air Taigh-òsta an Hydro ann an Craoibh mar àite eile.

(b) Aithisg Bhliadhnail air Stiùireadh Cunnairt

Bhathar air aithisg le Anna Willoughby a chuairteachadh chun a' Bhùird.

Chaidh gabhail ris an aithisg leis a' Bhòrd is iad a' daingneachadh an toileachais leis mar a làimhsicheas na h-oifigearan cunnart cron bho latha gu latha.

1.2022.06 Eile

(a) G I S B E

Cuiridh Lùcas Slater fios gu Buill a' Bhùird 's e a' cumail air leis an obair a' cur ri chèile an eachdraidh-beatha a thèid cur air loidhne.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh: 23.09.2022

Chaidh a dhaingneachadh gur e latha ath choinneamh a' Bhùird 23 Sultain 2022 aig an aon àm ris a' Choinneamh Bhliadhnail agus ris a' Cho-labhairt againn.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne airson a' chiad ràith de 202-23 gu 30 Ògmhios 2022.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha bacaidhean fhathast air a' phrògram a bha sinn an dùil a lìbhrigeadh ri linn staing leantainneach a' Choronabhìorais. Tha sinn air ar dìcheall a dhèanamh taic a chumail ris na Fèisean, luchd-ealain, agus prògram farsaing sa chiad ràith de 2022-23.

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Tha na dathan a' ceangalachadh builean agus raointean leasachaidh ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal airson 2022-27.

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Stòras Leasachaidh nam Fèisean le taic a bharrachd, ann an 2022-23, bho Alba Chruthachail. Bidh taic ann gu sònraichte airson ath-thòiseachadh an dèidh Covid cho math ri leudachadh ann an teagasg ciùil agus dràma tro mheadhan na Gàidhlig.		Bha maoin air a dhearbhadh ann an R1 agus chaidh stiùireadh a chruthachadh le dùil ri tabhartasan aontachadh ro dheireadh na Sultain.	
AC2	Taic chunbhalach a chumail do dh'Fhèisean airson pròg̀ram farsaing fad na bliadhna a ruith, ma bhios ionmhas ga ceadachadh.		Tha sinn air a bhith ag obair a dh'ionnsaidh Fèisean ath-thòiseachadh ach thèid beachdachadh air tuilleadh taic nam biodh a leithid a dhìth.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig.		Tha taghadh farsaing de ghnìomhan Gàidhlig ann an Treòir a thug cothroman do dh'òigridh ann an sgoiltean eileanach.	

AC4	Cothroman a chruthachadh do luchd-ealain sgilean sgrìobhaidh a leasachadh tro choimiseanan ùra.		Chaidh an coimisean airson Blas 2022 a shanasachd ann an R1 agus 's i Chloë Bryce a shoirbhich.	
AC5	Tachartasan còmhnaidheach a chur air dòigh airson sgilean cruthachail a leudachadh tro Sgoil Shamhraidh Dràma agus Fèis Alba.		Thèid an Sgoil Shamhraidh Dràma air adhart san Iuchar le Màiri NicIlleMhoire, Raonaid Cheanadach agus Aonghas MacLeòid ga stiùireadh. Bidh Fèis Alba a' dol air adhart sa Phoc. Seo a' chiad uair bho 2019 a bhios an dà thachartas aghaidh-ri-aghaidh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC6	Maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean aig na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh, ma bhios taic-airgid gu leòr ann.		Chaidh tabhartasan aontachadh le Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal agus tha iad air am pàigheadh a-mach a rèir feum.	
AC7	Iasadan an-asgaidh do na Fèisean de ionnsramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.		Tha iarrtas nas motha ann a-rithist leis gu bheil tachartasan a' dol air adhart aghaidh-ri-aghaidh.	
AC8	Sgeama PVG a chumail a' dol airson dìon a thoirt air clann is inbhich feumach air an dìon.		Tha seo a' dol air adhart le sgrùdaidhean gan dèanadh às leth Fèisean ionadail. Bha 20 iarrtasan ann airson deuchainnean ann an R1.	
AC9	Conaltradh cunbhalach le Fèisean tron lìonradh de dh'Oifigearan Leasachaidh, Co-labhairt bhliadhnail agus cruinneachaidhean roinneil.		Tha ar n-Oifigearan Leasachaidh air sàr obair a dhèanamh a' cumail chòmhraidhean cunbhalach ris na Fèisean aca airson a dhèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh ann dhaibh gnothaichean ath-stèidheachadh. The còmhraidhean air loidhne air leantainn a' dèiligeadh ri cuspairean eadar-dhealaichte airson taic a chumail ri Fèisean. Bidh ar coinneamh bhliadhnail agus co-labhairt a' tachairt air 23 agus 24 Sultain.	
AC10	Bùithtean-obrach dràma is pròg raman a chur air dòigh tro mheadhan na Gàidhlig le Meanbh-Chuileag.		Chaidh obair ullachaidh a dhèanamh air dealbh-chluich ùr Mheanbh-Chuileag a bhios a' dol air adhart ann an sgoiltean, le bùithtean-obrach, a' chiad sreath san t-Sultain. Bidh an obair ùr seo a' cur ri Bliadhna nan Sgeul.	
AC11	Bùithtean-obrach dràma is pròg raman a chur air dòigh le Sporan do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Bidh seo a' dol air adhart ann an R3.	
AC12	Obair taic na Gàidhlig aig Fèisean le Sgioba-G airson eòlas a thoirt do bharrachd chom-pàirtichean.		Tha seo fhathast ri fhaighinn ach cha deach taic sam bith iarraidh gu deireadh R1.	
AC13	Com-pàirt ghnìomhach a bhrosnachadh am measg buidhnean tràth-bhliadhnaichean tro Hùb Hàb.		Bha obair a' dol air adhart air scriobt ùr son Hùb Hàb le dùil obair a lìbhrigeadh do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC14	Meanbh-Fhèisean ann an sgoiltean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil com-pàirteachas ann an dualchas Gàidhlig ri fhaighinn.		Cha deach Meanbh-fhèis Àrd-sgoil Phort Rìgh air adhart san Ògmhios, mar a b' àbhaist, ach bidh sinn a' cur sùil ri cothroman nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
AC15	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail.		Chaidh cèilidhean air adhart ann an R1 ach le nas lugha de dhaoine an làthair ri linn mar a bha riaghailtean Covid aig àm na Càisg.	
AC16	Tabhartasan a sgaoileadh às leth Alba Chruthachail tron sgeamaichean Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig.		Tha Tasgadh a' dol air adhart a-rithist am-bliadhna agus bha a' chiad ceann-latha a-mach à trì sa Chèitean. Mar an ceudna, tha dà cheann-latha stèidhichte airson Maoin nan Ealan Gàidhlig, a' chiad fhear sa Chèitean. A bharrachd air maoin Alba Chruthachail a sgaoileadh tha ionmhas againn bho Urras Dhòmhnaill Iain MhicAoidh agus chaidh sanasachd a dhèanamh airson thagraichean a chuireadh a-steach son duais bhliadhail an urrais.	

AC17	Cothroman cosnaidh a chruthachadh do dh'oidean - luchd-ealain air mhuinntireas – cuide ri Fèisean.		Chaidh crìoch a thoirt air an obair le na 9 Fèisean a bha an sàs sa phròg ram Treòir agus chaidh iarrtas do dh'Alba Chruthachail airson a' chòrr de mhaoin. Tha co-dhiù dà fhèis air obair a chumail a' dol leis na ceòladairean air mhuinntireas a chaidh fhatsadh.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC18	Taic a chumail ri luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Mar a thachair le tabhartasan, ga mhìneachadh ann an AC6, bidh an t-airgead seo ga phàigheadh nuair a bhios daoine air am fastadh.	
AC19	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh.		Cha robh iarrtas sam bith ann gu deireadh R1.	
AC20	A' dol an sàs ann an iomairtean agus com-pàirtichean a tha a' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh anns na h-ealain agus gnìomhachasan cruthachail.		Bidh ceithir de na Cèilidhean air Chuairt a' dol air adhart am-bliadhna, a' toirt chothroman cosnaidh do luchd-ciùil òga. 'S e daoine òga a th' ann am mòran de dh'oidean, no leas-oidean ag obair air an ceann fhèin agus bidh sinn a' dèanamh ar dìcheall cothroman obrach a thairgse dhaibh. Bha dithis òg an sàs nan cleasaichean ann an obair Mheanbh-Chuileag.	
AC21	A' cur air dòigh Fèis Bhlas gach bliadhna, no tachartasan eile ann an sgìrean dùthchail, a' gabhail a-steach coimisean ùr.		Tha sinn ag ullachadh mu choinneamh Blas a chumail eadar 2 agus 10 dhen t-Sultain am-bliadhna.	
AC22	Crìoch a chur air an rannsachadh neo-eisimeileach mu thoraidhean obair Fèisean nan Gàidheal agus an aithisg a chur air adhart.		Tha an obair seo an ìre mhath crìochnaiche agus bidh e comasach dhuinn cuid de thoraidhean an rannsachaidh fhoillseachadh aig àm na co-labhairt bhliadhnail.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC23	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach a thabhann tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh le gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.		Bidh gach Oifigear Leasachaidh a' cumail taic ri cruinneachadh de dh'Fhèisean agus tha tòrr taic air a bhith ann dhaibh le obair ath-thòiseachadh. Tha taic Bhòrd na Gàidhlig air leantainn a leigeil leinn Oifigear nan Eilean Siar a chumail na dreuchd. Tha an sgioba sùbailte agus bidh iad a' gabhail obair eadar-dhealaichte os làimh a leithid #cleachiaigantaigh, nuair a bhios feum.	
AC24	Poileasaidhean a chruthachadh agus a sgrùdadh, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail.		Chaidh a' mhòr-chuid de phoileasaidhean Fèisean nan Gàidheal ùrachadh ann an 2021-22 agus ghabh am Bòrd-stiùiridh ri poileasaidh Àite Dìonta.	
AC25	Àrachas a chur air dòigh airson gach taobh den obair ealain aig na Fèisean.		Bidh àrachas ga thoirt do na Fèisean air fad mar phàirt den bhallrachd aca a tha a' gabhail a-steach gach cunnart co-cheangailte ris na gnìomhan àbhaisteach aca.	
AC26	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta.		Bha 15 seiseanan trèanaidh ann do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gu deireadh R1 le 21 a' gabhail pàirt annta.	
AC27	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin.		Ghabh buill den sgioba pàirt ann an 2 sheisean trèanaidh rè R1.	
AC28	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga fa leth adhartas a dhèanamh.		Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh do dh'oidean mu Phròg ram Trèanaidh Fòram Ceòl Tradiseanta na h-Alba.	

			Bidh co-obrachadh a' leantainn eadar Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean ionadail airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann do dh'òigridh adhartas a dhèanamh ann an ealain eadar-dhealaichte. Bha òigridh an sàs ann an obair Fèisean nan Gàidheal eadar Bòrd-stiùiridh na buidhne, Buidheann-pròghramaidh Bhlas agus Café Bheairteis.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC29	A' cuideachadh na Fèisean ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh a' gabhail a-steach obair dearbhaidh agus eadar-theangachaidhean sìmplidh airson cleachdadh agus facsinneachd na Gàidhlig a bhrosnachadh.		Feumaidh Fèis sam bith a tha a' faotainn taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal ar Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh le taic nuair a bhios feum. Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth.	
AC30	Taic do Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh no tachartasan eile a bhios a' cur ri turasachd.		Faicibh AC20 gu h-àrd.	
AC31	Com-pàirt ann am Bliadhna nan Sgeul.		Bidh Bliadhna nan Sgeul ga comharrachadh ann an grunn dhòighean, le leudachadh air obair Trèoir VV, Blas agus obair dràma.	
AC32	A' gabhail os làimh com-pàirt a chruthachadh do dh'òigridh nam Fèisean ann an cothroman taisbeanaidh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta thairis le sealladh gu sònraichte air Ceap Breatainn agus Èirinn far a bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn.		Choinnich Fèisean nan Gàidheal ri riochdairean bho Chomhairle na h-Eòrpa a bhios a' dèiligeadh ri còraichean daoine sa bheag-chuid san Rìoghachd Aonaichte. Rè *Mìos na Gàidhlig* aig Riaghaltas Alba Nuadh, chuir sinn air dòigh Fèis air loidhne le oidean agus com-pàirtichean à Ceap Breatainn agus Alba, cho math ri seisean seinn *Tac an Teine*. Thathar an dòchas gum bi òigridh nan Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann taisbeanadh leis a' bhuidheann òigridh às a' Chuimrigh, Avanc, aig Blas. Tha Fèisean nan Gàidheal air cumail a' dol le conaltradh ri Amateo agus Lìona Ceòl Traidiseanta na h-Eòrpa. Chaidh taisbeanadh a thoirt seachad le Fèisean nan Gàidheal aig co-labhairt eadar-nàiseanta CUPIDO ann an Inbhir Nis san Ògmhios.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach a chur air dòigh do dh'oidean ann an sgilean teagaisg.		Chaidh deach seo adhartachadh ann an R1.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh a-rèir ar Poileasaidh Gàidhlig.		Cha deach càil air adhart gu deireadh R1.	
AC35	Òigridh a thoirt a-steach air stiùireadh agus co-dhùnaidhean a ruighinn taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.		Tha dithis òg suidhichte air a' Bhòrd-stiùiridh. Faicibh AC28 gu h-àrd cuideachd.	
AC36	Treànadh a chur air dòigh ann am planadh cànain tron lìonradh ùr de dh'Oifigearan Leasachaidh, agus sgilean a thèid a thogail a thoirt do eagrachaidhean nam Fèisean airson cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh ann an tachartasan coimhearsnachd.		Bidh Oifigearan Leasachaidh a' frithealadh choinneamhan ach tha barrachd obrach ri dhèanamh a thaobh sgilean a thoirt do eagraichean nam Fèisean.	
AC37	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga.		Bidh com-pàirtichean ann am Fèisean agus nar n-obair dràma a' togail sgilean taisbeanaidh.	

			Bidh na sgilean seo gan ionnsachadh cuideachd aig Fèis Alba san Iuchar agus nar n-obair le cleasaichean òga nas fhaide air adhart sa bhliadhna.	
AC38	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil.		Bidh trèanadh den t-seòrsa sin na phàirt de dh'Fhèis Alba san Iuchar.	
AC39	A' cur Fèisgoil air adhart mar sheirbheis iomlan a' tabhann farsaingeachd de chothroman ionnsachadh cruthachail.		Gu deireadh R1, lìbhrig Fèisgoil 315 seiseanan *Blasad Gàidhlig* do 813 luchd-ionnsachaidh ann an 5 sgoiltean a' toirt obair do 5 oidean. Bha Treòir Voar Virr a' lìbhrigeadh gu deireadh bliadhna na sgoile le 1,368 luchd-ionnsachaidh agus obair ann 79 sgoiltean a' toirt obair do 61 oidean. Chaidh Café Bheairteis a chumail gach seachdain gu deireadh bliadhna na sgoile. Bha dà sheisean Beairteas ann tro e-Sgoil le ceathrar a' lìbhrigeadh 4 seiseannan do 75 sgoilearan ann an 6 sgoiltean.	
AC40	A' leantainn le goireasan didseatach airson co-dhiù cuid de dh'obair foghlaim, airson farsaingeach de chom-pàirtichean a ruigsinn agus gearradh sìos air na tha sinn a' cosg de ghualain.		Tha rùn ann a bhith ag obair aghaidh-ri-aghaidh a-rithist ach bidh pàirt den obair foghlaim againn a' leantainn air loidhne.	
AC41	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta a thabhann ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròraman eile a leithid Acadamaidh a' Mhòid.		Bha 80 seisean ICO air an lìbhrigeadh ann an 4 sgoiltean an sgìre Inbhir Narainn agus 100 seisean a bharrachd ann an Uibhist, airson a' chiad uair, do 304 sgoilearan ann an 4 sgoiltean. Bha Acadamaidh a' Mhòid a' ruith ann an 10 sgoiltean ann an sgìre Pheairt is Ceann Rois le tuilleadh air fàire bhon Lùnastal air thoiseach air a' Mhòd Nàiseanta. Bidh clasaichean a' leantainn ann an ceòl traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd tro chùmhnant le High Life na Gàidhealtachd bhon Lùnastal 2022.	
AC42	Obair ann an ceòl, òrain agus dràma ga tabhann tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgoiltean far a bheil a' Ghàidhlig ga teagasg.		Bidh oidean le Gàidhlig air am fastadh airson a dhèanamh cinnteach gum faigh òigridh ann am foghlam Gàidhlig an teagasg tro mheadhan a' chànain. Bdh obair Mheanbh-Chuileag agus Hùb Hàb gu tur sa Ghàidhlig cuideachd.	
AC43	Pròraman de chlasaichean Blasad Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an sgoiltean air a bheil feum air eòlas bunaiteach air a' chànain.		Faicibh AC39 gu h-àrd airson Blasad Gàidhlig. Bidh Fèisgoil ag obair a-rithist le co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail airson leasanan Gàidhlig a thabhann thairis air grùnn sgìrean. Tha an obair seo mì-chinnteach, ge-tà, leis mar a tha dùil gun gabhadh buidseatan 1+2 a chur ri buidseatan àbhaisteach nan comhairlean gun cus suim aig cuid aca a' Ghàidhlig a theagasg mar C2 no C3. Bidh sinn a' tabhann trèanadh Eòlas air a' Ghàidhlig nuair a thèid iaraidh oirnn. Fhuair 43 neach obrach ann an aon bhuidheann poblach trèanadh ann an R1.	
AC44	Taic airson obair-ealain eile tro mheadhan na Gàidhlig a ghabhadh a thabhann tro Fhèisgoil.		Tha còmhraidhean air a bhith ann le Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba mu pròiseact a' leantainn air TVV, a' cleachdadh na bha air fhàgail de dh'airgead. Bidh sinn a' toirt sùil ri stòras CYPFAL mar dhòigh barrachd chothroman a chruthachadh.	
AC45	Tuilleadh sansachad air *Beairteas* (a' gabhail a-steach *Càfe Bheairteis*) agus *Caraidean Còmhraidh* – Iomairtean airson cànan a bheairteachadh		Tha sinn gu mòr an dòchas gun lean *Càfe Bheairteis* le buidheann ùr de dh'òigridh agus gun gabh seiseanan *Beeairteis* beò a lìbhrigeadh ann an sgoiltean a-rithist. Bidh barrachd chòmhraidhean ann le e-Sgoil airson faicinn a bheil ùidh ann togail air a' cho-obrachadh a chaidh a stèidheachadh ann 2021-22.	

AC46	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach 5 Latha.		Bha còir aig 5 Latha a dhol air adhart aig àm na Càisg ach b' fheudar dhuinn a chur dheth ri linn mar a bha riaghailtean Covid aig an àm a thaobh fèin-leth-oireachd. Bidh an tachartas a' dol air adhart anns a' chiad seachdain de shaor-làithean an t-samhraidh ge-tà.	
AC47	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean.		Faicibh AC43 gu h-àrd. Bidh trèanadh ann do luchd-teagaisg ann an sgoiltean taobh a-staigh co-bhanntachd nan ùghdarrasan ionadail, ma bhios iarrtas ann. Chaidh iarraidh air Ceannard agus Manaidsear Fèisgoil na buidhne taisbeanadh a dhèanamh do Luchd-sgrùdaidh nan Sgoiltean (HMIE) mu obair Fhèisean nan Gàidheal. Bidh sinn a' co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig air taisbeanadh airson Fèill Ionnsachaidh na h-Alba mu theagasg na Gàidhlig mar C2 is C3.	
AC48	Taic a chur ri sgeama ùr a steidheachadh airson co-obrachadh a bhrosnachadh am measg Fhèisean.		Tha seo ri thoirt air adhart fhathast ged a tha seiseanan air a bhith a' ruith air loidhne a rèir feum.	
AC49	Trèanadh eadar-ginealaich a chur air dòigh le oidean ùra ag ionnsachadh bho shàr-eòlaichean air dualchas na Gàidhlig agus ceòl traidiseanta.		Tha seo ri chur air dòigh fhathast.	
AC50	Feum a dhèanadh de ghoireasan diseatach airson co-dhiù cuid de thrèanadh a thabhann air loidhne, a' lùghdachadh siubhail agus na tha sinn a' cosg de ghualain.		Tha seo ri chur air dòigh fhathast.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC51	Taic ionmhasail a bharrachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air pàirt a ghabhail ann an tachartasan.		Tha maoin a bharrachd ri fhaighinn, a rèir feum, ach cha d' fhuair sinn iarrtas sam bith airson taic gu deireadh R1.	
AC52	Tuilleadh leasachaidh air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean gu sònraichte, ach chan ann a-mhàin, ann an coimhearsnachdan eileanach.		Tha a' mhòr-chuid de na Fèisean a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig agus iad a' tabhann chlasaichean ann an Gàidhlig, far an gabhadh sin a dhèanamh. Tha barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn air loidhne. Tha sinn an dòchas cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh barrachd anns na Fèisean eileanach, cho math ri co-obrachadh a bhrosnachadh far a bheil a' Ghàidhlig na cànan san iomairt. Ann an Q1 bha còmhraidhean ann mu àite Fèis Thiriodh ann an lìbhrigeadh Plana Gàidhlig an eilein.	
AC53	Eadar-mhìneachadh mar-aon (Gàidhlig gu Beurla) aig coinneamhan agus tachartasan.		Tha seo ri fhaotainn aig coinneamhan den Bhòrd, ar Coinneamh Bhliadhnail agus, uaireannan, ann an coinneamhan air loidhne. Tha sinn an dòchas sreath chuirmean a chur air dòigh aig Blas gu tur sa Ghàidhlig le eadar-mhìneachadh mar-aon.	
AC54	An ìre de Ghàidhlig ann an cuirmean Fèisean a leudachadh.		Tha goireasan gu leòr, agus taic, aig Fèisean airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cleachdadh na Gàidhlig ga leudachadh aig tachartasan Fèise.	
AC55	Sùil a chumail air fiosrachadh a bhios ga chruinneachadh mu CII agus aithisg bhliadhnail a thoirt don Bhòrd.		Tha fiosrachadh ICC ga chruinneachdh gu cunbhaach bho na Fèisean, oidean agus tagraichean son taic-airgid. Bidh aithisg bhliadhnail aig a' Bhòrd-stiùiridh.	

Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.			
AC56	A' leantainn le clàradh sgaoilidhean gualain.		Tha luchd-obrach, Buill a' Bhùird agus oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal a' clàradh sgaoilidhean gualain gu cunbhalach.
AC57	Plana Làimhseachadh Gualain a chruthachadh airson 2022-23 agus air adhart.		Chaidh na h-amasan airson 2020-21 nar Plana Làimhseachaidh Gualain a thoirt gu buil agus fhuair am Bòrd-stiùiridh aithisg bhliadhnail san Dùbhlachd. Tha ar Manaidsear Gnìomha an sàs ann an còmhraidhean le Creative Carbon Scotland mu ghnìomhan a bharrachd agus sealladh a ghabhail air mar a ghabhadh sgaoilidhean gualain a lùghdachadh thairis air ùine nas fhaide.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC58	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach airson barrachd tuigse a bhrosnachadh agus aire a tharraing don obair againn.		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh. Tha cuairt-litrichean gan sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach agus bidh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gan cleachdadh gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile. Bidh sanasan naidheachd mu phrìomh thachartasan gan sgoileadh gu cunbhalach.
AC59	A' dol an sàs ann an cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach.		The sinn an dòchas buidheann ùr de sheinneadairean a thrusadh airson Fuaran nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.
AC60	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan didseatach, gu h-àraid FèisTV.		Tha buannachdan agus dùbhlain ann obair a thabhann air loidhne ach tha iarrtas ann air a son agus bidh seo follaiseach nar pròg ram. Cumaidh #cleachiaigantaigh a' dol ann an riochd air choreigin, 's dòcha le nas lugha de sheiseanan, mar a bhios *Tac an Teine* agus *Cèilidh mun Chagailt* ann an co-bhonn ris a' Chomunn Gàidhealach. Bidh cuid de chuirmean Blas air an sruthadh beò. Chaidh barrachd leasanan a chur ri ar goireas *Oide* air loidhne agus bidh barrachd gan cur ris rè na bliadhna.

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean air an cruthachadh/glèidheadh ILT	10.9	Airgead prìobhaideach no poblach air a tharraing a-steach don Ghàidhealtachd	£771,688	Meudachadh san toradh ionmhasail	£192,734	Luchd Saor-thoileach an sàs	27
Tabhartasan do dh'Fèisean	£26,217	Tabhartasan Eile	£687	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Fèisean	354	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig tachartasan eile	2,760
Luchd-èisteachd aig consairtean nam Fèisean	460	Luchd-èisteachd aig tachartasan eile (air loidhne)	(15,235)	Com-pàirtichean ann an trèanadh	82	Obair Eadar-nàiseanta	6

Builean Bhòrd na Gàidhlig			
BnG1.1	A' cumail taic ri co-dhiù 46 Fèisean air feadh na h-Alba tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus trèanadh sgilean Gàidhlig.		Faicibh AC1, AC2, AC6, AC7, AC8, AC9, AC18, AC23, AC24, AC25, AC26, AC29, AC36, AC48, AC51, AC52 and AC54 gu h-àrd a tha a' mìneachadh taic do na Fèisean.
BnG1.2	A' lìbhrigeadh co-dhiù 750 seisean Blasad Gàidhlig airson sgoilearan ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.		Faicibh AC39 gu h-àrd.

BnG1.3	A’ cur air dòigh co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh’oidean is luchd-obrach.		Fhathast ri chur air dòigh.	
BnG1.4	Ag amas air 18 com-pàirtichean airson 5 latha no ann an tachartasan-còmhnaidh eile.		Faicibh AC46 gu h-àrd.	
BnG1.5	Ag amas air co-dhiù 80 seisean ullachaidh a thabhann do sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a dh’ionnsaigh Mòdan ionadail no am Mòd Nàiseanta Rìoghail		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
BnG1.6	A’ lìbhrigeadh co-dhiù 30 seiseanan tro mheadhan na Gàidhlig le buidhnean tràth-bliadhnaichean.		Faicibh AC13 agus AC42 gu h-àrd.	
BnG1.7	A' fastadh Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar aig ìre 1 FTE gus co-obrachadh eadar Fèisean is buidhnean ealain san sgìre a bhrosnachadh.		Faicibh AC23 gu h-àrd.	
BnG2.1	A’ lìbhrigeadh 30 seisean ann an sgoiltean fo sheòl Fèis Blas, is co-dhiù 300 sgoilear an làthair uile gu lèir.		Ri chur air dòigh ann an R2.	
BnG2.2	A’ cumail co-dhiù 30 tachartas fo sheòl Fèis Blas 2022.		Faicibh AC21 gu h-àrd. Le taic-airgid a bharrachd bho Alba Chruthachail tha dùil againn còrr is 40 tachartas a chumail am-bliadhna.	
BnG2.3	A’ stèidheachadh coimisean ùr airson luchd-ciùil a thèid a thaisbeanadh aig 4 cuirmean tro Fèis Blas 2022.		Faicibh AC4 gu h-àrd.	
BnG3.1	A’ cumail co-dhiù 100 seisean dràma Gàidhlig ann an sgoiltean.		Faicibh AC10 gu h-àrd. Thèid seo a choileanadh gu tur.	
BnG3.2	A’ cur Sgoil Samhraidh Dràma air dòigh le co-dhiù 15 com-pàirtichean.		Faicibh AC5 gu h-àrd.	
BnG3.3	A’ cur air dòigh dealbh-cluich na Nollaige le cuairt timcheall air 20 sgoil anns a bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, is aon taisbeanadh sruthadh beò air-loidhne.		Ri chur air dòigh ann an R3.	
BnG3.4	A' cur dealbh-chluich ùr air dòigh airson sgoiltean a’ tabhann foghlam Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh, le cuairt timcheall 20 sgoiltean (no air a thabhann do 20 sgoiltean air-loidhne).		Faicibh AC10 agus CS11 gu h-àrd.	
BnG4.1	A’ sruthadh co-dhiù 15 cuirmean air-loidhne tro Fèis TV (is co-dhiù 6 taobh a-muigh Fèis Blas 2022).		Faicibh AC60 gu h-àrd.	
BnG4.2	A' dealbhachadh 6 sreathan ùra de bhideothan airson seirbheis Oide is a' toirt fàs 5% air àireamhan luchd-cleachdaidh thairis air àireamhan 2021-22.		Faicibh AC60 gu h-àrd.	
BnG5.1	Gun cuir a’ bhuidheann am Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh, le Gàidhlig mar a’ phrìomh chanan làitheil anns an àite-obrach agus gun tèid a’ Ghàidhlig a cleachdadh airson na buidhne a riaghladh.		‘S i obair leantainneach, làitheil a tha seo. Bidh Fèisean nan Gàidheal ag obair tro mheadhan na Gàidhlig agus tha sin follaiseach anns an pàipearan a bhios gan ullachadh airson coinneamhan a’ Bhùird, mar eisimpleir, conaltradh taobh a-staigh is taobh a-muigh na buidhne agus nar sanasachd anns na meadhanan sòisealta agus stuth foillsichte.	
BnG5.2	Gum feumar fios às ùr a thoirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig cho luath ’s a bhios atharrachadh ann am ballrachd bòrd no luchd-obrach na buidhne.		Chan eil atharraichean air a bhith ann aig ìre a’ Bhùird-stiùiridh agus tha am fiosrachadh as ùire ri fhaighinn tron cheangal seo feisean.org/fiosrachadh/bord-stiuiridh-feisean-nan-gaidheal/. Dh’fhàg air n-Oifigear Pròiseict san Ògmhios airson obair ùr a ghabhail.	

			The ar n-Oifigear Leasachaidh anns na h-Eileanan Siar air fòrladh màthaireil ach tha cuideigin na h-àite a' dèanamh na h-obrach rè ùine.	
BnG5.3	Gum feumar geàrr-chunntas coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad deiseil.		Bidh pàipearan a' bhùird, le geàrr-chunntasan nan coinneamhan nam measg, a' dol gu Bòrd na Gàidhlig gu cunbhalach.	
BnG5.4	Gum feumar leth-bhreac de dh'aithisg bhliadhnail agus cunntasan na buidhne a chur gu Bòrd na Gàidhlig aon uair 's gu bheil iad air am foillseachadh.		Bidh ar n-aithisg bhliadhnail air a foillseachadh san t-Sultain.	
BnG5.5	Gu bheil a' bhuidheann a' leantainn an stiùiridh Fair Work First bho Riaghaltas na h-Alba.		Tha Fèisean nan Gàidheal air aithneachadh mar *Living Wage Employer* agus bidh pàigheadh a rèir phoileasaidhean nan ùghdarrasan ionadail.	
BnG5.6	Gu bheil a' bhuidheann agus an luchd-obrach a' leantainn an lagha, riaghailtean agus stiùireadh Riaghaltas na h-Alba co-cheangailte ris a' choròna-bhìorais.		Tha modhan suidhichte againn airson tachartasan a bhios sinn fhìn no na Fèisean a' cur air dòigh, le cunnradh mu chumail ri riaghailtean co-cheangailte ri maoineachadh.	
BnG5.7	Gu bheil a' bhuidheann a' cur poileasaidh àrainneachd an gnìomh gus a' bhuaidh air an àrainneachd a lughdachadh.		Faicibh AC57 gu h-àrd.	
BnG6.1	Gu bheil a' bhuidheann ag aithneachadh taic-airgid a' Bhùird anns gach pròiseact air an cur an gnìomh le taic an Tabhartais ann an co-rèir ris an Stiùireadh Aithneachaidh (mar a thèid ùrachadh bho àm gu àm), le fianais air a thoirt seachad anns gach aithisg adhartais air mar a tha seo ga chur an gnìomh.		Thèid fianais fa leth air adhart do Bhòrd na Gàidhlig ach tha e follaiseach anns gach sanas agus sna meadhanan sòisealta gu bheil aithne ga toirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.2	Gu bheil co-dhiù 6 brathan-naidheachd air am foillseachadh leis a' bhuidhinn gach bliadhna a bhios a' soilleireachadh obair na buidhne agus ag aithneachadh taic Bhòrd na Gàidhlig.		Chaidh co-dhiù 4 sanasan naidheachd a sgaoileadh rè R1 far an deach aithne a thoirt do thaic a' Bhùird.	
BnG6.3	Gu bheil fios ro-làimh air brathan-naidheachd air a thoirt dha sgioba conaltraidh a' Bhùird le cothrom airson beachdan a thoirt seachad mus tèid fhoillseachadh.		Chaidh aithris iarraidh bho Bhòrd na Gàidhlig airson 2 shanas rè R1.	
BnG6.4	Gu bheil làrach-lìn is cunntasan meadhanan sòisealta na buidhne air an ùrachadh gu cunbhalach leis na naidheachdan às ùire mu obair na buidhne, le aithneachadh iomchaidh air taic maoineachaidh a' Bhùird.		'S i obair làitheil a tha seo agus tha taic Bhòrd na Gàidhlig ga h-aithneachadh aig a h-uile cothrom a tha iomchaidh.	
BnG6.5	Gu bheil conaltradh cunbhalach ann eadar oifigearan leasachaidh agus oifigearan Iomairt aig Comunn na Gàidhlig.		Tha conaltradh ann eadar oifigearan fa leth aig Fèisean nan Gàidheal agus CnaG ach tha tuilleadh obrach a dhìth. Bha oifigearan bhon dà bhuidheann an sàs ann an còmhraidhean mu Phlana Gàidhlig Thiriodh.	
BnG6.6	Gun gabh a' buidheann-fhaotainn pàirt ann agus gun toir iad fiosrachadh iomchaidh uile seachad gu rannsachadh sam bith air a stiùireadh leis, no às leth, a' Bhòrd air obair nam buidhnean Com-pàirtichean Lìbhrigidh thar 2019 gu 2022.		Ghabh sinn com-pàirt san rannsachadh a rinn DC Consulting.	
BnG7	Gun tèid beachdan a chruinneachadh bho chom-pàirtichean san obair agaibh a bheil iad aontachadh no eas-aontachadh ri na h-abairtean gu h-ìosal, stèidhichte air slatan-tomhais Plana		Tha cothroman gan cruthachadh tron phròg ram againn. Tha obair a' dol air adhart gus fianais a thrusadh tron t-siostam measaidh againn agus bidh barrachd fhianais san aithisg air a bheil iomradh ann an AC22 gu h-àrd.	

	Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23, agus iomradh air na freagairtean air a thoirt seachad sna h-aithisgean adhartais: • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice" • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo sgilean Ghàidhlig a thoirt air adhart" • "Tha am [pròiseact/tachartas] seo air cur ris mo bheachd air cho cudromach sa tha a' Ghàidhlig do dh' Alba"			
BnG8	Gum bi a' bhuidheann a' cur Bliadhna Sgeulachdan na h-Alba air adhart agus a' toirt aithne dha an lùib na h-obrach agaibh agus sibh a' togail bratach na Gàidhlig mar phàirt den t-sanasachd a nì sibh.		Faicibh AC10 agus AC31 gu h-àrd.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R1.		Chan urrainnear aithris air adhartas gu mionaideach gun aonta againn. Ge-tà, tha Comhairle na Gàidhealtachd air maoin a phàigheadh dhuinn airson 2022-23 agus tha sinn a' dèanamh oidhirp a chumail ri targaidean a bh' ann an Aontaidhean Ìre Seirbheis roimhe, 's iad sin taic a chumail ri Fèisean na Gàidhealtachd agus Blas a chur air adhart gu soirbheachail.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Taic-airgid do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air taic £18,450 a thabhann dhuinn son 2021-22. Chaidh tabhartasan luach £24,048 a thairge do dh'Fhèisean na sgìre a' cleachdadh £12k de mhaoin na comhairle. Bidh cothrom fhathast aig Fèisean taic a bharrachd iarraidh tron Stòras Leasachaidh againn.	
CEB2	Taic ri Fèisean gnìomhan a ghabhail os làimh airson leaudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.		Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal air a bhith ann an còmhraidhean mu Phlana Gàidhlig Thiriodh agus àite na Fèise ga chur an gnìomh. Faicibh cuideachd AC29 agus AC54 gu h-àrd.	
CEB3	Taic airson Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil le trèanadh agus ùine bhon sgioba obrach (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Bidh Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheil a' dol air adhart san luchar agus bidh trèanadh fad seachdain aig na ceòladairean òga ro làimh aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd. Faicibh cuideachd AC38 agus AC38 gu h-àrd.	
CEB4	Ùine Oifigearan Leasachaidh air a chosg air Fèisean Earra-Ghàidheil 0.6 CRLU.		Bidh dà Oifigear Lesachaidh a' cumail taic ris na Fèisean (co-ionnan ri 0.6 ILT).	
CEB5	Taic bho luchd-obrach eile le rianachd, ionmhas agus cànan a chleachdadh (pro-rata a-rèir àireamhan Fèisean).		Faicibh AC1, AC2, AC6, AC9, AC18, AC23, AC24, AC29, AC36, AC48, AC51, AC52 and AC54 gu h-àrd.	
CEB6	Seirbheisean do dh'Fhèisean na sgìre le deauchainnean sgrùdaidh, àrachas, ionnsramaidean ciùil air iasad (cosgaisean pro-rata)		Faicibh AC7, AC8 agus AC25 gu h-àrd.	
CEB7	Trèanadh do luchd-teagaisg/eagrachaidh (Luchd-tairbhe Earra-Ghàidheal is Bhòid).		Faicibh AC26, AC33, AC34 agus AC36 gu h-àrd.	

CEB8	Obair dràma ann an sgoiltean Earra-Ghàidheal is Bhòid (amasan foghlaim).		Gheibh sgoiltean ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid buannachd bhon obair aig Hùb Hàb, Meanbh-Chuileag agus Dealbh-chluich na Nollaige nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
An t-Sultain 2022

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.02(b)

Ainm	**Art MacCarmaig**
Dreuchd	**Ceannard**

Obair com-pàirteachaidh bhon choinneamh mu dheireadh den Bhòrd

20.05.22 Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal
23.05.22 Coinneamh de Bhuidheann Thàr-pàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba
24.05.22 Coinneamh Panail Tasgadh
24.05.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman son na Gàidhlig
25.05.22 Coinneamh le Calum Rothach mu Bhlas
25.05.22 Coinneamh le Mòrag Anna NicLeòid mu thachartas le muinntir Alba Nuaidh
26.05.22 Taic le agallamhan do dh'Ionad Thròndairnis
31.05.22 Coinneamh le Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig
02.06.22 Coinneamh le Fèis an Iar Dheas
09.06.22 Taisbeanadh mu na Fèisean air co-labhairt CUPIDO ann an Inbhir Nis
10.06.22 Coinneamh de phanail MEG
17.06.22 Coinneamh Bhliadhnail Amateo
20.06.22 Coinneamh le Siobhan NicAnndrais bho Alba Chruthachail
20.06.22 Coinneamh de cheannardan nam buidhnean Gàidhlig
21.06.22 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Traidiseanta aig Alba Chruthachail
21.06.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman son na Gàidhlig
21.06.22 Coinneamh de Bhuidheann Thàr-pàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba
27.06.22 Coinneamh le Rona Gold, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
27.06.22 Coinneamh le Danny KilBride mu AVANC aig Blas
27.06.22 Coinneamh le Ionad Thròndairnis (Iomairtean)
07.07.22 Coinneamh le Màiri Bhochanan aig HIE
15.07.22 Coinneamh le Tom Matthew gus beachdan a chur air adhart do rannsachadh le comataidh na pàrlamaid air na thathar a' cosg air cultur
19.07.22 An lathair aig The Stamping Ground air cuireadh bho Eden Court
25.07.22 Coinneamh le Louise Ellis aig Taigh-staile Thalasgair mu thachartas aig Blas
09.08.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman son na Gàidhlig
18.08.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman son na Gàidhlig
18.08.22 An làthair aig coinneamh YoungScot mu bheachdan òigridh air a' Ghàidhlig
23.08.22 An làthair aig seisean air eòlas mu thàr-ghneitheach
25.08.22 Agallamh air Take the Floor mu Bhlas is eile
26.08.22 Coinneamh le Jim Whannel, Bòrd na Gàidhlig, mu Fèill Ionnsachaidh na h-Alba
26.08.22 Coinneamh mu shruthaidhean Bhlas
30.08.22 Coinneamh buidheann-obrach geàrr-ùine an riaghaltais mu chothroman son na Gàidhlig
31.08.22 Coinneamh le Rona Gold, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
02.09.22 Blas ann am Malaig
05.09.22 Blas ann an Talasgair
06.09.22 Blas ann an Slèite
07.09.22 Blas ann an Inbhir Ionaid
08.09.22 Blas san Achadh Mòr
09.09.22 Blas ann am Port Rìgh
10.09.22 Blas ann an Inbhir Nis

15.09.22 Coinneamh den sgioba tro Zoom
20.09.22 Coinneamh de Bhuidheann-obrach nan Ealan Traidiseanta aig Alba Chruthachail
20.09.22 Coinneamh de Bhuidheann Thàr-pàrtaidh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba
23.09.22 Coinneamh a' Bhùird agus A' Choinneamh Bhliadhnail

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seo an obair a tha mi air a bhi ris bhon a thoisich sin ag obair bhon taigh.

- Chur sin mach litrichean agus phàigh mi airgead a-mach airson Fèisean, Clasaichean & Uairean Rianachd tron Sgeama Thabhartasan 2022-23. Phàigh sin a-mach airgead ath-slànachadh Covid aig deireadh Am Mhàirt. Phàigh sin a-mach a' chiad cuid de airgead Treòir cuideachd. Chaidh £209,096.40 airgead tabhartasan 2021-22 a-mach.
- Chur mi mach litrichean tairgse airson Maoin Leasachadh nam Fèisean
- Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach air Foirm Iarrtas 1 mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh ag obair còmhla ri Sandy Gray feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Mar a bheil chan fhaigh iad airgead. Tha sgioba leasachaidh a' coimhead às dèidh seo.
- Chaidh maoineachadh a bharrachd a phàigheadh airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a bha sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice barrachd cothrom air teagasg is tachartasan.
- Tha mi trang chur air dòigh cùisean airson a' Co-labhairt Bhliadhnail 2022 air 23/24 Sultain 2022. Bidh sin aghaidh ri aghaidh ann an Taigh-òsta Gàidhealach, Struighlea.
- Bha mi air a bhi cur a-mach leabhraichean Ceòl nam Fèis gu Fèisean ach tha Luke a' gabhail seo os laimh. Tha Cèol nam Fèis 1 & 2 ann an cruth didseatach. Chaidh faidhlichean fuaim a chur ris an leabhair le fuinn, òrain, faclan agus tiotalan ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
- Phàigh mi mach fàirdealan airson Fèis Alba & Cèilidh air Chuairt airson na co-òrdanaichean.
- Chan eil iarrtas mòr air a bhi air ionnsramaidean chùil a chur a-mach gu ruige seo. Tha Luke a' coimhead às deidh seo a-nis.
- Coimhead sin thairis air a h-uile ionnsramad a bha anns an oifis ann am Port Rìgh agus bha feadhainn ri chàradh agus feadhainn gun fheum. Chaidh feadhainn a-mach air màl cuideachd. Chur Eilidh NicCoinnich, Fèis an Earraich, clàrsaich air dòigh dhuinn. Chaidh accordions a chur air dòigh cuideachd.
- Chuir mi àrachas air dòigh airson FNG agus chaidh àrachas a chur air dòigh airson Blas. Chaidh àrachas a chur air dòigh airson luchd-obrach uile agus chaidh seo ùrachadh a-rithist air 22 Gearran 2022.
- 'S àbhaist fàirdealan airson ballrachd 22/23 a dhol a-mach às dèidh na Coinneamh Bhliadhnail. Thèid iad a-mach às dèidh aonta aig a'Coinneamh Bhliadhnail.
- Tha mi toirt taic dhan na luchd-obrach agus na Fèisean bho latha gu latha le iomadach ceist.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Fhuair luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh Ciad Cobhair thairis air na mìosan a' dh'fhalbh. Fhuair Fèis an Tairbeirt, Fèis a' Bhaile, Fèis Spè, Fèis na h-Oige, Fèis Latharna agus Fèis na h-Apainne an cothrom seo. Tha 24 duine air pairt a ghabhail an trèanadh Dìon Chloinne. Tha sinn a' toirt taic do Grant MacPharlain, Fèis Phàislig, leis an Cùrsa Adhartais aig Sàbhal Mòr Ostaig.
  Rinn Karl MacRath trtrèanadh còmhla ri oidean Treòir (Fèisean). Chaidh trèanadh sgilean agallamh agus 'podcasts' air adhart anns a'Mhàirt.

- Tha foirm-sgrùdaidh airson co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a' Bhuird airson gum bi fiosrachadh staitistigeil cudromach againn. Tha luchd-obrach a' dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Tha Luke a dèanamh trèanadh larach-lin bhon taigh còmhla ri luchd-obrach mar a bhios a' dhìth. Rinn Eilidh C trèanadh InDesign còmhla ri Luke.
- Tha sinn a' cuideachadh Fhèisean a' cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh. Chur mi poileasaidh ùr air dòigh airson Àite Dìonta.
- Chaidh Sgoil Shàmhradh Dràma air adhart anns an Iuchar am bliadhna.
- Tha Luke a'coimhead às dèidh Tasgadh agus MEG cuideachd.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Tha fàirdealan uile pàighte. Bhithinn a' pàigheadh fhàirdealan airson Coig Latha, Cleachdiaigantaigh, Guth nan Gael, Fuaran, Sgoil Shàmhradh Dràma, Hùb-Hab, Meanbh Chuileag, Meanbh-fhèis, Blàsad Gàidhlig, Mòd Acadamaidh, Fèisgoil, Panto, Trèanadh Gàidhlig, Feis TV , Iomairt Chùil Òigridh, Treòir (Fèisean) , Treòir|Voar|Virr agus Fèis Bhlas mar is trice. Tha Luke a' toirt taic dhomh le seo a-nis.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

- Chaidh Fèis Bhlas air adhart anns an t-Sultain 2022. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgead agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
- Bha 5 Chèilidhean air Chuairt a' ruith ann an 2022-23agus tha mi air airgead a phàigheadh a-mach dhaibh. Bha trèanadh a'dol air adhart aig Fèis Alba anns an Iuchar 2022.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

- Tha mi coimhead às deidh oifis Port Rìgh bho latha gu latha. Bha mi staigh co-dhi`u latha san t-sheachdain ged a tha sin fhathast ag obair bhon taigh. Tha mi coimhead às deidh an Rianaire agus Oifigear Dìon Chloinne. Tha sinn uile a conaltradh air Skype gu cunbhalach agus coinneamhan Zoom far a feum mi a bhith ann.
- Tha mi coimhead às deidh gnothaichean ionmhais agus tuarastail an luchd-obrach.
- Tha mi coimhead às deidh aithisgean ionmhais.
- Tha mi coimhead às deidh ghoireasan daoine, cùmhnantan agus trèanadh. Chur mi air dòigh agallamhan, dealbhan-obrach am bliadhna agus cùmhnantan ùr airson Peigi Ann, Eilidh NicCarmaig agus Nicola. Thoisich Peigi Ann Shields còmhla rinn anns a' Chèitean agus Eilidh NicCarmaig anns an Ògmhios. Bha Lauren Ann Nicilleathain air Sgeama Greis Gnìomhachais an uiridh. Tha Sìne Amos (oifis Port-Rìgh) & Padraig Mac a'Phearsain (oifis Inbhir-Nis) againn am bliadhna air Sgeama Greis Gnìomhachais.
- Tha mi a' cur a h-uile rud air dòigh airson cunntasan bliadhnail agus raitheil. Chur mi seachad ùine air-loidhne còmhla ri Seumas MacIver bho Mann Judd Gordon a bha dèanamh obair sgrùdaidh am-bliadhna. Tha sinn air crìoch a chur air cunntasan ràitheil suas gu 30 Òg-mhios 2022
- Thug mi taic do Luke a' cur air dòigh geàrr-chunntas na coinneamh mu dhèireadh den Bhòrd agus eader-theangachadh air dòigh. Chuir mi air dòigh na h-aithisgean ionmhais airson na coinneimh seo.
- Thòisich sinn a' clàradh sgaoilidhean gualan bhon luchd-obrach is Buill a' Bhùird beagan bhliadhnaichean air ais agus tha Plana Lùghdachadh Gualain air ùrachadh airson na bliadhna seo agus aithisg dèante.
- Chaidh clàr chunnartan ùrachadh airson na bliadhna ionmhais anns a' Mhàirt 2022.

Ainm	**Calum Ailig Macmhaoilein**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèisean

Tha cuid mhath dha na Fèisean air a bhith air leth trang as na mìosan a dh'fhalbh ag ullachadh airson na chiad tachartasan aca bho 2019. Bha e uamhasach math a bhith faicinn clann air ais ag ionnsachadh aig Fèisean sàmhraidh 's tha na comataidhean agus teaghlaichean a bha frithealadh dhan frithealadh làn molaidh.

Tha mi a' cumail taic is stiùir ris an sgioba leasachaidh 's tha sinn a' conaltradh gu làitheil agus a coinneachadh tric. Chùm mi taic ri Fèisean nan Eilean Siar bhon a' chaidh Peigi Ann air fòrladh màthaireil gus an do thòisich Sandra san Lùnastal. Dh'fhàg Karen a dreuchd san Lùnastal 's bidh sinn a' cumail taic ri na Fèisean a bha fo a stiùir gus an tèid an dreuchd a lìonadh.

Chùm mi taic ri grunnan Fèisean a bhith a' cur foirmichean iarrtais air-loidhne air dòigh a bha comasach air pàigheadh a ghabhail. Tha teamplaidean ann a-nis a ghabhas cleachdadh le barrachd Fèisean a tha ag iarraidh gluasad gu siostam pàighidh air-loidhne.

Sgeama Leasachaidh

Tha taic a bharrachd againn am bliadhna bho Alba Chruthachail airson taic a chumail ri Fèisean a bhith a' cur pròiseactan is cothroman ùra air dòigh. Chuidich mi an ceannard a bhith ag ullachadh an fhiosrachadh mun mhaoin 's tha mi an sàs as na co-dhùnaidhean air na h-iarrtasan.

Treòir

Bha am pròiseact seo air leth soirbheachail le còrr is 1,000 bùth-obrach air a lìbhrigeadh na Fèisean a bha an sàs agus còrr is 3,600 fo aois 25 a' gabhail pàirt as na cothroman a chaidh thoirt seachad. Tha Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis an Tairbeirt mar tha air airgead fhaighinn airson cumail oirre le cuid dha na clasaichean a thòisich iad 's tha Fèisean eile a' coimhead air leasachadh a dhèanamh air na thòisich iad tron phròiseict.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Blas 2022

Tha na mìosan a dh'fhalbh air a bhith air leth trang ag ullachadh agus a lìbhrigeadh Fèis na bliadhna sa. Dh'obraich mi còmhla ris a' cheannard airson am pròram a tharraing còmhla agus an uairsin ga chur air bhog. Bha còrr is 40 consart is cèilidh mar phàirt den phròġraim le bùiththean-obrach air-loidhne agus cuairt Meanbh-chuileag a' tadhail air sgoiltean aig àm na Fèise. Chaidh cùisean gu math 's bha e math a bhith gu robh e air a chumail a-rithist san t-Sultain. Thug bàs na Bànrigh buaidh air cuid dha na tachartas, le tri cèilidhean air a chur dheth airson spèis is urram a shealltainn dhi.

Bidh mi ag ullachadh làn aithisg den fhèis as na seachdainean a tha romhainn.

Trèanadh Luchd-obrach

Tha an sgioba an sàs ann an trèanadh cunbhalach tron a' bhliadhna. Rinn mi fhìn trèanadh ciad-cobhair a thoiseach air 5 Latha 2022 san luchar.

Trèanadh Comataidhean is Luchd-teagaisg

Tha cuid mhath dha na comataidhean air a bhith an sàs le trèanadh dìon-chloinne, cùram cloinne, Gàidhlig is eile. Bha seiseannan mun phoileasaidh ùr air 'Àite Dìonta' air a lìbhrigeadh air-loidhne dhaibh.

Fuaran
As na mìosan a tha romhainn bidh sinn ag amas air sreath ùr den phròiseict a thòiseachadh.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

#Cleachdiaigantaigh
Bha Café Bheairteis a ruith gu cunbhalach suas gu làithean-saora an t-sàmhraidh. Chaidh podcasts de na còmhraidhean a bha dol air adhart a chlàradh 's bidh iad air am foillseachadh a dh'aithghearr. Ann an co-bhonn leis a' bhuidheann-stiùiridh bidh sinn a' bruidhinn air an t-slighe air adhart dhan cothrom còmhraidh seo.

5Latha
Bha mi toilichte gu robh e comasach dhuinn a dhol air adhart le 5 Latha 2022 san Iuchar le 15 com-pàirtichean. Fhuair sinn air prògram slàn àbhaisteach a thoirt dhaibh le latha a' croitearachd, ùine le breabadair, buain na mòine, bèiceireachd, obair ealain is eile. Bha Iain MacMhaighstir is Ellen NicDhòmhnaill a' toirt seachad oideachadh ciùil is seinn 's chuir sinn cèilidh air dòigh ann an Ionad Grinneabhat le taic mhath bhon choimhearsnachd.

Seiseanan Seinn
Tha sinn air a bhith a' co-obrachadh leis a' Chomunn Gàidhealach air sreath de sheisean seinn air-loidhne sa bhliadhna a dh' fhalbh le seinneadairean diofraichte a lìbhrigeadh na seiseannan. Thòisich sreath ùr san t-òghmhios 's tha 182 air a bhith mar phàirt de 10 seiseanan gu ruige seo.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

FèisTV
Chaidh 9 cuirmean a shruthadh rè Blas 2022.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Luchd-obrach
Tha mi ag obair bhon taigh a' mhòr chuid dhan ùine ach a' dèanamh barrachd feum den oifis a-nis mar a tha an còrr dhan sgioba. Dh'fhàg Karen is Laura a' bhuidheann as na mìosan a dh'fhalbh 's tha sinn taingeil dhaibh airson na rinn iad san ùine a bha iad còmhla rinn. Tha Peigi Ann air fòrladh màthaireil an-dràsta 's tha Sandra NicLeòid air tòiseachadh na h-àite as na beagan seachdainean a dh'fhalbh.

Coinneamhan is eile
Lìonradh nan Oifigearan Gàidhlig (8/6)
Taisbeanadh mar phàirt de cho-labhairt CUPIDO (9/6)
Buidheann Prògramaidh Blas (16/6)
Agallamh le Radio nan Gàidheal (24/7)
Coinneamh le sgioba struthaidh Blas (26/8)
Coinneamh le with Criosaidh NicRathe (30/8)
Blas: Essie Stewart @ 80 – Clashmore (2/9)
Blas: Staran & Làirig – Cathair Eaglais Dhòrnaich (4/9)
Blas: Tomhas – Druim na Drochaid (6/9)
Blas: Talamh Beò | Living Land – Inbhir Garraidh (8/9)
Blas: Mary Smith @ 80 – Steòrnabhagh (10/9)
Coinneamh le Fèis Fhoirt (14/9)

Name	Eilidh NicCoinnich
Position	Manaidsear Fèisgoil

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Seiseanan trèanaidh do dh'oidean Fèisgoil:

1. Clasaichean air an oidhche: 10.08.22: chuir mi seisean trèanaidh air SpeakGaelic air dòigh do dh'oidean an sàs leis an dàrna sreath de chlasaichean air an oidhche do luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu. Bha triùir an làthair le dithis eile ga faighinn mar chlàradh às deidh làimh.
2. Blasad Gàidhlig 2022-23: 15.08.22: bha mi an làthair aig seisean fiosrachaidh is trèanaidh do dh'oidean Blasad Gàidhlig le Eilidh NicCarmaig ga stiùireadh. Bha 21 an làthair.
3. ICO: 24.08.22: dh'ullaich agus lìbhrig mi seisean trèanaidh is taic air-loidhne do dh'oidean YMI. A bharrachd air an stuth a bha mi fhìn ag ullachadh bha taisbeanadh aig Anna Mhàrtainn air an each-uisge agus chluich sinn bhideo le Shona Nic a' Phearsain air feumalachdan taice a bharrachd. Bha 20nar an làthair.
   Àireamhan an sàs le seiseanan trèanaidh Fèisgoil uile gu lèir eadar 01.08.22 agus 01.09.22.

Luchd lìbhrigidh	Pròiseactan Fèisgoil	Seiseanan	Com-pàirtichean
5	3	3	46

Nochd mi aig seisean le YoungScot Roundtable air 18.08.22.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Sgoiltean:

DRÀMA: Sgoil Shàmhraidh Dràma 04.07.22-08.07.22, aghaidh-ri-aghaidh a-rithist, Pòrt Rìgh le Màiri NicIlleMhoire agus Raonaid NicUalraig le taic bho Aonghas MacLeòid.

Oidean	Com-pàirtichean
2/3	14

Meanbh-chuileag 2022-23: Sgeulachdan an Tilley air a sgrìobhadh le Oifigear Dràma, Aonghas MacLeòid: Earann 1: Aonghas MacLeòid, Fearghas Rothach agus Evie Waddell: air a' Ghàidhealtachd 29.08.22-09.09.22

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
3	16	15	518

Faicibh aithisg Aonghas MacLeòid airson fiosrachadh mionaideach.

CÀNAN

Blasad Gàidhlig: Gàidhlig mar cànan a bharrachd. Tha sinn ann an co-obrachadh le Co-bhanntachd nan Ùghdarrasan Ionadail a-rithist agus tha 8 ùghdarrasan an sàs am-bliadhna: An Eaglais Bhreac; Baile Ghlaschu; Earra-ghàidheal agus Bòd; Dùn Dè; Dùn Bhreatainn an Iar; Àir a Deas; Àir a Tuath; Àir an Ear

Teirm 1: An Eaglais Bhreac a-mhàin

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
5	5	111	tbc

CEÒL

ICO: Tha sinn fo sheòl a-rithist le ICO ann an cuid de na sgìrean. Am-bliadhna tha sinn an dùil tòiseachadh gach sreath le cèilidh air-loidhne far am bi na h-òidean ann an dithisean a' lìbhrigeadh cuirm-ciùil do na clasaichean far am bi iad ag obair am-bliadhna.

Seinn: Uibhist: ICO: Sgoiltean Uibhist aghaidh-ri-aghaidh le Peigi Nic a' Phiocair agus sgoiltean Barraigh, a' mhòr chuid cò dhiù, air-loidhne le Claire Frances NicNèill.

Teirm 4 2021-22 (ach toiseach bliadhna ionmhais 2022-23) **Uibhist a-mhàin**

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	4	100	tbc

Teirm 1 2022-23 Uibhist

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	4	80	tbc

Teirm 1 2022-23 Barraigh

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	49	107

Acadamaidh a' Mhòid: tha sinn a' lìbhrigeadh seiseanan taic ann an co-obrachadh leis a' Chomunn Ghàidhealach agus Comhairle Siorrachd Pheairt is Cheann Rois

Teirm 4 2021-22 (ach toiseach bliadhna ionmhais 2022-23)

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6 (4+2 relief)	11	123	tbc

Teirm 1 2022-23 Bun-sgoil Ghoodlyburn agus Bun-sgoil Whitehills

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	47	tbc

Pròiseactan fa-leth

Treòir | Voar | Virr:

Ùghdarasan ionadail	6
Sgoiltean	80
Clasaichean	92
Seiseanan	1,656
Sgoilearan	1,390
Oidea	61
Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean – clàraidhean	28
Cànain/Dual-chainnt	4

Lìbhrig sinn seiseanan TVV ann an 79/80 sgoiltean (le 91/92 clasaichean a' gabhail pàirt thairis air 1618/1656 seiseanan uile gu lèir le 1368/1390 clann an-sàs). Tha sinn an dùil fhathast ga lìbhrigeadh do aon sgoil eile am-bliadhna. Tha bhideo goirid ri fhaicinn mun phròiseact air FèisTV agus tha sinn fhathast ag obair air pod-chraolaidh mu dheidhinn.

TVV a bharrachd: thòisich mi air bruidhinn ri cuid de na h-oidean leis an dùil gum bi a' mhor chuid de na pròiseactan a' tachairt eadar Am Faoilleach agus Am Mart 2023.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Taisbeanaidhean: bha cothrom agam bruidhinn ri luchd-obrach ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile an sàs le Foghlam Gàidhlig aig coinneamh **Glan** agus bha cothrom againn òraid ghoirid a ghabhail air obair Fèisgoil ri luchd-teagaisg, luchd-obrach ùghdarrasan ionadail agus daoine eile an sàs le foghlam foirmeil aig Fèis Ionnsachaidh na h-Alba (SLF) 21mh an t-Sultain.

Eòlas air a' Ghàidhlig:
Ùghdarras Poilis na h-Alba: Ged a bha sinn an dùil an dàrna sheisean a bhith againn còmhla riutha air 14.06.22 dh'iarr iad ceann-là ùr a chur air doigh agus tha seo gu bhith tachairt le Màiri Anna NicUalraig air 07.11.22.

Stóras Mara Cailleannach Eta (CMAL): bidh latha còmhla ri luchd-obrach CMAL air fàire (03.11.22)

Blas: bha mi an sàs le dà chuirm-ciùil mar neach-obrach FnG – Goillspidh air 07.09.22 air an doras agus 09.09.22 Ruigh Sholais mar bean-an-taighe.

Clasaichean air an oidhche: sreath 2 de sheiseanan ionnsachaidh do luchd-obrach Comhairle Baile Ghlaschu – 6 oidean, 7 clasaichean gach seachdain thairis air 8 seachdainean An Lùnastal-An Dàmhair. Tuilleadh fiosrachaidh ri thighinn anns an ath aithisg.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Chuir mi tagradh a-steach airson maoineachaidh CYPFAL – diofar phròiseactan fo bhratach 'Cànan'.

Choinnich mi ri Aonghas MacLeòid air 21.06.22 agus ri Eilidh NicCarmaig air 25.08.22 airson measaidhean a dhèanamh.

Tron ràith seo bha coinneamhan agam le luchd-obrach FnG agus daoine taobh a-muigh na buidhne, nan measg: Bòrd na Gàidhlig, Co-bhanntachd nan Ùghdarrasan Ionadail, Comhairle Baile Ghlaschu, An Comunn Gàidhealach, CnES, The Pines, Inbhirnis, Comhairle Àir an Ear, Sgioba nan Eilean, Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarras Poilis na h-Alba agus oidean Fèisgoil.

Ainm	**Nicola Simpson**
Dreuchd	**Àrd Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Fèis Air an Oir

- Chaidh am prìomh Fhèis air adhart eadar 18 – 22 den Iuchar aig sgoil Farr le barrachd air 70 compàirtichean. A bharrachd air na clasaichean àbhaisteach bha measgachadh de thachartasan agus cèilidhean a'ruith anns a' coimhearsnachd fad na seachdain.
- Bidh clasaichean seachdaineil a' ruith gach Dimàirt agus Disathairne.
- Gu mì-fhortanach cha robh an leabhar-teagaisg ùra aig an Fhèis aig ìre gus a chur air bhog aig àm na prìomh Fhèis ach bidh e deiseil a dh'aithghearr.

Fèis Chataibh

- Bidh coinneamh fosgailte aig an Fhèis, ann an Goillspidh air 27mh an t-Sultain, gus an Fhèis ath-bheòthachadh.

Fèis a' Bhaile

- Thòisich an club-bogsa ùr air 22 Cèitean agus tha e a' dol gu math le eadar ochd agus dusan compàirtichean a'nochdadh aig gach seisean.
- Chaidh an latha Fèise airson deugairean agus inbhich air 11mh an t-Ògmhios air adhart glè mhath.
- Bidh am prìomh Fhèis a' dol air adhart san Dàmhair aig Bun sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

Fèis Inbhir Narainn

- Tha na clasaichean leantainneach a' cumail a' dol air-loidhne.
- Bidh a' choinneamh bhliadhnail a' gabhail àite air an 3mh latha den Dàmhair agus tha an Fhèis feumach air buill ùra airson a' chomataidh.
- Bidh seisean 'Come and Try' aig Ionad Coimhearsnachd Inbhir Narainn air 25mh den Dàmhair gus com-pàirtichean ùra a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte.

Fèis Obar Dheathain

- Thòisich sreath ùr de chlasaichean seachdaineil ann am fidhle agus clàrsach na bu thràithe air a' mhìos seo, le measgachadh de dh'ionnsachadh air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh ann agus bi sin a' ruith gu àm Nollaig.
- Dh'obraich an Fhèis le Club Gàidhlig Obar Dheathain gus tachartas 'The Great Gaelic Bake Off' a chuir air dòigh am mìos seo, airson airgid a thogail do gach buidheann. Bha latha spòrsail aig a h-uile duine.

Fèis Spè

- Bidh na clasaichean leantainneach agus na còmhlanan a' cumail a' dol aghaidh ri aghaidh.
- Tha na còmhlanan aig an Fhèis fhathast gu math trang a' cluich aig diofar rudan agus ag obair air CD ùr.
- Chaidh an còmhlan as sine air turas tron sgìre ionadail aca fhèin tro mhìosan an t-samhraidh
- Bha deireadh-sheachdain Gàidhlig aig an Fhèis an t-seachdain seo chaidh aig Taigh-tasgaidh Dùthchail na Gàidhealtachd ann am Baile Ùr an t-Slèibh.
- Bidh am prìomh Fhèis a' ruith eadar 10 agus 14 den Dàmhair.

Fèis Ghallaibh

- Bha a' chiad latha Fèise, às dèidh Covid, aig Fèis Ghallaibh aig deireadh an Lùnastail.
- Ro latha na Fèise, thadhail dithis oide air còig sgoiltean anns an sgìre gus fiosrachadh a' sgaoileadh mun Fhèis. Fhuair an Fhèis taic-airgid bhon Sgeama Leasachaidh FnG airson na cuairt seo.

Fèis Mhoireibh

- Tha iad a' leantainn orra le clasaichean seachdaineil ann an clàrsach is bogsa.
- Tha an Fhèis an dùil cuairt tro na sgoiltean a chuir air dòigh anns na mìosan a tha ri thighinn airson ùidh a thogail anns an Fhèis.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Fèis Alba/Ceilidh Trails

- Chaidh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Latharna, Fèis Lochabair, Fèis Fhoirt, Fèis Phaislig air adhart thairis air an t-samhraidh. Cuideachd, bha còmhlan-cèilidh Fèis Spè, Monadh Ruadh, a' cluich anns an sgìre ionadail aca fhein.

- Chaidh Fèis Alba air adhart anns a' Phloc agus bha seachdain shoirbheachail againn a dh'aindeoin 's gun tug covid buaidh air cuid de na com-pàirtichean aig deireadh na seachdain.
- Le taic bhon oide Sarah Jayne Shankland, rinn sianar NPA slàn mar phàirt den obair aca tron t-samhraidh agus rinn triùir eile aon mhodal.

Sruth

- Bho 11mh gu 14mh den Lùnsatal, choinnich deichnear com-pàirtichean (4 à Alba agus 6 à Eirinn) ann an Inbhir Nis airson ceithir làithean de chur-seachadan culturail tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air sin, rinn na com-pàirtichean Albannaich bùth-obrach air loidhne le Màiri NicPhaidein agus bidh dà sheisean a bharrachd aca mus tadhail iad air Èirinn san Dàmhair.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca

Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Bhlas mar riochdaire nam Fèisean nuair a tha e iomchaidh agus bha mi aig cuid de na tachartasan an t-seachdain sa chaidh. Bha mi gu mòr an sàs leis a' chuirm-ciùil a' bh'aig na Cèilidhean air Chuairt agus Avanc agus chòrd e rium a' bhith ag obair còmhla riutha aig an àite ùr ann an Acadamaidh Chruthachail Inbhir Nis.

Ainm	**Abi Reid**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Thachair a' phrìomh Fhèis aig **Fèis Arainn** air an 26mh – 29mh an t-Iuchar agus bha mi fhèin ann fad na seachdain. Bha 53 com-pàirtichean aig aois bhun-sgoil agus 5 deugairean a bha ann airson bùitean-obrach an fheasgair. Chaidh an Fhèis fìor mhath agus bha deagh chonsairt aca air an Dihaoine. Chuir Fèis Arainn iarrtas a-staigh dhan Stòras Leasachaidh againn is iad airson clasaichean obair-bhuidhne a thòiseachadh airson òigridh air an Eilean.

Tha na clasaichean aig **Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar** a' tòiseachadh a-rithist san t-Sultain agus tha iad an dòchas gum bidh iad ceart cho làn sa bha iad an uiridh le eadar còignear agus deichnear anns gach clas.

Tha na clasaichean aig **Fèis Dhùn Èideann** a' dol gu math agus bha 58 com-pàirtichean aca tro teirm sgoile an t-Sàmhraidh. Chuir iad iarrtas a-staigh dhan Stòras Leasachaidh againn airson cuairt sgoile airson an Fhèis a shanasachd.

Tha na clasaichean seachdaineil aig **Fèis Fhoirt** a' ruith agus tha iad an dùil ri àireamhan a fàs san ath-theirm. Chuir iad iarrtas a-staigh dhan Stòras Leasachaidh airson *Latha Thig is Feuch* agus cuideachd airson cuairt sgoile.

Tha **Fèis Ghàidhlig Ghlaschu** a' tòiseachadh a-rithist agus tha iad an dùil ri bùitean-obrach dràma a ruith. Fhuair mi fios bho **Fèis Òigridh Ìle is Dhiùra** cuideachd agus tha iad an dùil ri clasaichean aghaidh-ri-aghaidh tòiseachadh a-rithist is iad a' faighneachd air an coimhearsnachd dè seòrsa cuspairean a bhiodh iad ag iarraidh.

Bha prìomh Fhèis aig **Fèis Phàislig** eadar an 19mh agus 22mh an t-Iuchar agus chaidh mise ann air an Diardaoin agus Dihaoine. Tha na clasaichean seachdaneil a' dol gu math agus tha iad a' sìreadh

oide ùr airson an Fhèis Bhig. Chuir FP iarrtas àrd-amasach a-staigh dhan Stòras Leasachaidh airson pròiseact Treòir le coimisean agus consairt beò, co-òrdanaichean, a' leasachadh na clasaichean seachdaneil aca, proiseact ann an sgoiltean ASN, Còisir Gàidhlig agus cuairt sna sgoiltean.

Tha **Fèis Thatha** a' ruith Fèis air an 19mh dhen t-Samhain agus tha iad trang ag ullachadh an-dràsta agus a' sìreadh oidean.

Chuir **Fèis an Tairbeirt** iarrtas a-staigh dhan Stòras Leasachaidh airson tachartasan sna sgoiltean airson an Fhèis a shanasachd. Tha iad a' cùmail latha Fèise air air an 17mh dhen t-Sultain agus ag obair air leabhar *Ceòl Earra-Ghàidheil* a tha làn ciùil a chuir Ailie Robertson còmhla nuair a bha i ag obair air a' phròiseact Treòir.

Bha prìomh Fhèis aig **Fèis Lannraig a Tuath** eadar an 8mh agus an 12mh dhen Lùnastal agus bha mise ann air an Diardaoin agus Dihaoine. Chaidh fìor mhath agus bha e trang.

Tha Fèis gu bhith aig **Fèis an Iar Dheas** air an 8mh dhen Dàmhair agus chuir iad a-staigh iarrtas dhan Stòras Leasachaidh air a shon. Bha iad ùine a' feitheamh air fios mu dheidhinn School Let, ach a-nis tha iad trang ag ullachadh agus ga shanasachd.

Bha mi a' cuideachadh aig **Fèis na h-Òige** air an 4mh agus 5mh dhen t-Iuchair leis gu robh Karen air laithean-saora. Chaidh an Fhèis fìor mhath.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Thòisich mi an sgeama ***Bruidhinn Rium*** airson a dhèanamh cinnteach gu bheil òigridh a' faireachdainn cofhurtail agus toilichte fad na h-ùine nuair a tha iad aig na Fèisean. Rinn mi baidsean agus postairean air a shon. Chuir mi treànadh slàinte inntinn air dòigh, ***Tha e Math Bruidhinn***, le *See Me Scotland* agus bha dà thachartas Zoom againn.

Rinn mi **Trèanadh Ciad-fhuasgladh** air 23mh an t-Ògmhìos ann an Inbhir Nis ron a bhith tadhail air Fèisean an t-Sàmhraidh.

Chuir mi **Trèanadh Gàidhlig** saor an-asgaidh air dòigh le Richard Smith mar oide airson luchd-taic nam Fèisean air Zoom. Bha sreth dhe ceithir clasaichean ann thairis air an t-Iuchar. Tha mi an dùil ris a' chùrsa sin a ruith a-rithist.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Bha mi ag obair leis an Sgioba Leasachaidh airson latha dhe bùitean obrach a cuir air dòigh airson Mìos nan Gàidheal a chomharrachadh, **Latha Fèise – Air Adhairt ri Chéile** air an 27mh dhen Chèitean. Bha coignear oidean againn bho Alba agus Alba Nuadh agus 25 com-pàirtichean.

Bha mi ag obair aig tachartas **Còmhla** a chuir Laura Nicolson agus Nicola Simpson air dòigh air an 19mh dhen Òg-mhìos. 'S ann airson fògarraich a bha e agus bha daoine ann bho Siria agus Ugràin. Bha biadh agus ceòl againn agus gu leòr spòrs aig an òigridh a dheanamh ealain.

Tha mi air a bhith ag obair aig **Blas** is a' dol gu tachartasan ann am Fàrr, ann an Inbhir Nis, sa Ghearasdan agus Ruigh Sholais mar riochdaire. Cuideachd bha mi a' ruith na bùitean-obrach air-loidhne mar a leanas:

- 03/09/2022, Gaelic Action Songs (Beurla) le Claire Frances MacNeil son aois 3-6
- 03/09/2022, Ceòl is Cleas (Gàidhlig) le Claire Frances MacNeil son aois 3-6

- 05/03/2022, Òrain Runrig le Norrie Maclomhair son Inbhich
- 10/03/2022, Mouth Music (Beurla) le Kim Carnie son aois 5-12
- 10/03/2022, Puirt à Beul (Gàidhlig) le Kim Carnie son aois 5-12
- 10/03/2022, The Coigach and Assynt Collection Tunes le Angus MacCoinnich son Inbhich
- 10/03/2022, Tunes from The Summer Walkers Commission le Chloē Bryce son Inbhich

Ainm	**Sandra NicLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Thoisich mi san Lùnastal fhads a tha Peigi Ann air fòrladh màthaireachd. Bhon uair sin tha mi air a bhith cur eòlas air na Fèisean ionadal, an taic tha 'd a' lorg agus na leasaichean dh'fhaodadh sinn deanamh còmla.

'Se mo phriomh amasan an drasda:
- faighinn eòlas air na Fèisean, agus leantainn orm leis an obair bha Peigi Anne a' deanamh m.e. treanadh, dion chloinne
- a' cur coinneamhan air doigh le gach comataidh, ma 's urrainn dhomh aig àm coinneamh miosail neo AGM
- a' toirt taic gu buidhnean aig ìre thrath ann an Uig, na Lochan agus Taobh Siar Leodhais
- a' cruthachadh lionra am measg buidhnean eile, far eil 's docha comas bu 'g obair còmhla neo cur taic ri cheile.

Fèis Taigh Dhonnchaidh
- Thachair an Fhèis eadar **11-15 Giblean** le clasaichean ann am maileòidean, giotàr,obair buidhne airson deugairean, dannsa-ceum is ealain aca.
- Thoisich clasaichean maileòidean, bogsa-ciùil, giotàr, seiseanan ciùil tràth-bhliadhnaichean, seinn Gàidhlig a rithist san t-Sultainn.
- Ruith Martainn Skene agus a chomlan buth-obrach sa Mhaigh.

Fèis Eilean an Fhraoich
- Bha Fèis aghaidh ri aghaidh aca eadar **25 – 29mh Iuchar 2022** ann am Bun-sgoil Steòrnabhaigh.
- Fhuair Dual is òigridh Fèis Taigh Dhonnchaidh cothrom cluich air an Island Stage air Disatharine Hebcelt 2022 agus bha Katie Mackenzie, Anna Murray, Jane Macmillan Hepburn is Andy Yearley ag obair leis an òigridh ag ullachadh airson seo.
- Fhuair Fèis Eilean an Fhraoich còmla ri Taigh Dhonnchaidh tuilleadh taic bhon Stòras Leasachaidh airson leigeil dha Katie MacKenzie toirt air adhart na clasaichean a' toisich i mar phairt de phròiseact Treòir. Tha clasaichean ceòl agus seinn air toiseachadh a rithist, agus tha duil gun toisich clasaichean airson tràth-bhliadhnaichean a dh'aithghearr.

Fèis an Rubha
- Thachair Fèis an Rudha **1 – 5th Lunasdal**. Bha clasaichean aca ann an giotàr, fidheall, seinn agus drama le cèilidh aig deireadh an t-seachdainn.
- Bi an AGM aca air 1 Sultainn, agus bi iad a' lorg buill son a Bhòrd.
- Tha iad an dòchas clasaichen seachdaineil a' chur air doigh ann an dràma agus ceòl.

Fèis na Hearadh

- Thachair Fèis na Hearadh eadar **4 – 8th July** le mu chiad leanabh ag gabhal pairt agus cèilidh soirbheachail aig an deireadh.
- Tha iad an drasda ag ullachadh son AGM
- Tha iad airson na clasaichean seachdaineil ath-thòiseachadh.

Fèis Tìr an Eòrna

- Thachair fèis aghaidh ri aghaidh eadar **4 – 8 Iuchar 2022** ann an Sgoil Uibhist a' Tuath.
- Ghabh iad pàirt ann an Fèis Digiteach còmla ri Comunn Eachdraidh Uibhist a Tuath. Chaidh seo a' chlaradh son pròiseact agus thig seo a' sgaoileadh air loidhne.

Fèis Tìr a' Mhurain

- Bha iad an dòchas cèilidh a' chuamail, ach le covid sa choimearsnachd chaidh sin a' chur dheth. Chaidh iad air adhart le Rèis na Fèis ge-tà.
- Tha mi an duil bhi aig na coinneamhan aca gach mìos air liodhne, agus a cur air doigh cuairt a dh'Uibhist is Barraigh son an coinneachadh.
- Tha obair air toiseachadh air Fèis 2023
- Cha do thòisich na clasaichean seachdaineil aca a-rithist fhathast ach tha obair air toiseachadh airson an ath-thòiseachadh a dh'aithghearr.

Fèis Bharraigh

- Chaidh fèis aghaidh ri aghaidh a' chumail eadar **4 – 8 Iuchar 2022** ann an Sgoil Bagh a' Chaisteil.
- Thachair bùithtean obrach danns 28 - 30 an t-Iuchar, le dannsa Gàidhealach agus dannsa Eileanach
- Chluich pìobairean na fèis aig Cruinneachadh Chlann Mhic Neill
- Thathas ag ullachadh son clasaichean seachdaineil ath-thoiseachadh

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Tha mi a' deanmah cursa ghoirid còmhla re Arts & Business Scotland mu dheidhinn togail airgead, agus tha'd air a bhi gu math feumail. A measg na bha an làthair bha Drake Music Scotland agus Children's Classic Concerts. Tha na buidhnean seo ag ullachadh proiseactan a dh'fhaodadh toirt dhuinn cothrom obrachadh còmhla an doigh a choireigin, tha sinn an duil bruidhinn mu dheidhinn tuilleadh.

Tha mi cuideachd an duil deanamh an Cursa 'Sgilean Cànain' aig UHI airson piseach a' thoirt air mo ghramair.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Chaidh mi gu co-labhairt am buidheann SOILLSE 29-31 Lùnastal ann an Steòrnabhagh, 'Rooting Minority Language in the Speaker Community'. Bha òraidean inntinneach na mheasg, ach bha e gu h-àraid feumail airson faighinn eòlas air daoine.

Tha mi a' cur eòlais air oifigearan ann am buidhnean eile agus a' togail cheanglaichean leotha airson cothroman dha na fèisean ionadail a' leudachadh.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan
Coinneamhan gu cùnbhalach le comataidhean, an Sgioba Leasachaidh is luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal.
19.08.22 – Coinneamh le Magaidh Nic a' Ghobhainn, Taigh Cheilidh Steòrnabhagh
29.08.22 – Coinneamh le Mira Byrne, e-school Gaelic Development Officer
29.08.22 – Coinneamh le Catherine Mary Maclean, Community Officer, Creative Scotland

Ainm	**Aonghas MacLeòid**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Seirbheis eadar-theangachaidh agus dearbh-leughaidh
Bidh mi a' lìbhrigeadh seirbheis eadar-mhìneachaidh mar aon aig coinneamhan a' bhùird agus a' toirt taic do na Fèisean far a bheil taic le dearbh-leughadh a dhìth.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

A' cruthachadh chothroman cosnaidh do dh'òigridh
Thathar a' tabhann chothrom-cosnaidh agus cothroman gus sgilean a leasachadh do chleasaichean le Gàidhlig tro phròiseactan leithid Hùb Hàb, Meanbh-chuileag, Sporan agus am panto Gàidhlig. Eadar 4 agus 8 den luchair chaidh dithis neach òg le Gàidhlig fhastadh mar luchd-àire is luchd-taic aig an Sgoil Shamhraidh Dràma 2022. Rè an Lùnastail agus toiseach na Sultain chaidh dithis neach òg le Gàidhlig fhastadh mar chleasaichean tro Meanbh-chuileag, seirbheis tèatar-oideachaidh Fhèisean nan Gàidheal.

A' toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

Meanbh-chuileag 2022/23 – Sgeulachdan an Tilley
Sgrìobh mi dealbh-chluich Gàidhlig ùr a tha ag amas air sgoilearan ann an ceann shuas na bun-sgoile aig a bheil ceangal ri Bliadhna nan Sgeul 2022. Rinn mise an obair stiùiridh agus bha nam chleasaiche ann cuideachd cuide ri Fearghas Rothach agus Evie Waddell. Rinn sinn turas ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd leis eadar 29 Lùnastal agus 9 Sultain agus fhuair 16 bun-sgoiltean cothrom ga fhaicinn.
Thathar an dùil gun tèid tursan ann an sgìrean eile de dh'Alba a lìbhrigeadh anns a' Ghearran agus sa Mhàirt 2023**.**

Sporan 2022/ 23 – 'Sgeulachdan an Tilley' Turas agus Bùth-obrach
Thathar a' leasachadh phlanaichean an dràst gus turas a dhèanamh le dealbh-chluich agus bùth-obrach stèidht air Sgeulachdan an Tilley a chaidh riochdachadh tron t-seirbheis Meanbh-chuileag a bihos freagarrach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Thathar an dùil turas fad deich latha a lìbhrigeadh às dèidh làithean saora nan Dàmhair eadar 31 Dàmhair agus 11 Samhain 2002. Thèid an dealbh-chluich a thabhann do sgoilearann ann an ceann-shuas na bun-sgoile a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, An t-Eilean Dubh agus sgìre Loch Nis.

Hùb Hàb 2022 – Anns a' Ghàrradh
Anns a' Ghiblean sgrìobh mi sgrìobt airson film Hùb Hàb ùr le trì òrain ùra na chois. Chaidh dàil a chur air na planaichean a bh'ann ga fhilmeadh sa Chèitean is thathar a-nis an dùil gun tèid sin a

dhèanamh as t-earrach 2023. Thèid am film a thabhann do bhun-sgoiltean agus sgoiltean-àraich as t-earrach 2023.

Club Dràma Phort Rìgh (Pìleat)
Cho-òrdanaich mi Club Dràma Gàidhlig do sgoilearan eadar P5 agus P7 ann am Port Rìgh a thòisich air Diluain 9 Cèitean a bha stèidhte aig Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh. Chaidh dithis luchd-oide le Gàidhlig, Tanya NicDhòmhnaill agus Magaidh Ros, fhastadh gus sia seiseanan a lìbhrigeadh uile gu lèir.

Fhuair mi taic bho Shona Paterson, Oifigear Coimhearsnachd is Leasachaidh (Gàidhlig) san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse, agus ceannard Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh gus an club thòiseachadh.

Rè an ùine seo thug mi taic leantainneach don luchd-oide le goireasan-teagaisg.
Thathar a' rannsachadh na cothroman an a th'ann an dràsta gus an Club a chumail a dol an teirmsa.

Sgoil-Shamhraidh Dràma 2022
Shoirbhich leam leis an Sgoil-shamhraidh Dràma 2022 a' cho-òrdanaich mi aig toiseach an luchair. Thill an Sgoil a Phort Rìgh as dèidh dà bhliadhna 's chaidh a cumail son ùine na bu ghiorra na b'àbhaist àite eadar 4 agus 8 den luchair. Bha i fosgailte do sgoilearan àrd-sgoile fileanta sa Ghàidhlig is ghabh 12 compairtichean bho feadh Alba pàirt innte. Chaidh Màiri NicIlleMhoire fhastadh mar stiùiriche-ealain na Sgoile agus Raonaid NicUalraig mar oidiche dràma. Chaidh dithis neach-aire le Gàidhlig fhastadh rè na seachdain.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

Thèid naidheachd mu na pròiseactan dràma a th'air an lìbhrigeadh tro Fhèisgoil fhoillseachadh 's a shanasachd gu cunbhallach tro ar làrach-lìn 's na cunntasan meadhanan-sòisealta againn. Chaidh pìos naidheachd mun Sgoil Shamhraidh Dràma 2022 a chraoladh air BBC An Là agus Radio nan Gàidheal. Rinn mi agallamh air Aithris na Maidne air Radio nan Gàidheal mun turas leis an dealbh-chluich Meanbh-chuileag 'Sgeulachdan an Tilley' air Diciadain 7 Sultain agus chaidh brath-naidheachd mun dealbh-chluich agus an turas a sgaoileadh air na meadhanan às dèidh an turais.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan:
Sgioba luchd-obrach Inbhir Nis/ Luchd-obrach FnG – Coinneamhan an dràsta 's a-rithist (Zoom/Skype)
Sgioba Fèisgoil – Bidh coinneamhan sgioba nas cunbhualaiche ann le Eilidh NicCoinnich is Eilidh NicCarmaig air Skype gach seachdain bho 12 Sultain air adhart.
Sreath-stiùiriche – chaidh measadh a dhèanamh air 21 Ògmhios 2022 agus thèid coinneamhan bhideo a chur air dòigh ma bhios taic a dhìth air Skype mar is tric.

Ainm	**Eilidh NicCarmaig**
Dreuchd	**Rianaire Fèisgoil**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

Ged nach eil mi ag obair do na Fèisean fhèin nam obair làitheil mar Rianaire Fèisgoil, tha mi an còmhnaidh toilichte taic a chur thuca. Chuir mi taic ri Abi ann a bhith a' dèanamh cheartaichean air goireas òrain is puirt a bha Fèis an Tairbeirt a' cur air dòigh.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

Seiseanan trèanaidh do dh'oidean Fèisgoil:

1. Clasaichean air an oidhche: 10.08.22: Cha robh mi an sàs gu dìreach leis an t-seisean trèanaidh seo do dh'oidean an sàs le clasaichean air an oidhche le Comhairle Baile Ghlaschu, ach bha triùir an làthair le dithis eile ga faighinn mar chlàradh às deidh làimh.

2. Blasad Gàidhlig 2022-23 – 15.08.22: dh'ullaich agus lìbhrig mi seisean trèanaidh do dh'oidean Blasad Gàidhlig sean is ùr gus fios a sgaoileadh mu stiùireadh is poileasaidhean ùra agus gus ùrachadh a dhèanamh air Geamaichean is òrain. Fhuair sinn fiosrachadh feumail bho Shona Nic a' Phearsain aig The Pines Inbhir Nis air feumalachdan taice a bharrachd agus sgaoil mi seo gus dèanamh cinnteach gum bi ar seiseanan cho ion-ghabhaltach 's a ghabhas. Bha 21 an làthair is fhuair an còrr clàradh dhen t-seisean às dèidh làimh. Lìbhrig sinn cuideachadh seiseanan fiosrachail air seirbheis BG anns na seachdainean ron a seo airson oidean ùra.

3. Trèanadh ICO|YMI – 24.08.22: shuidh mi a-steach air an trèanadh seo gus taic le teig a thoirt seachad do Eilidh M/B agus Anna Mhàrtainn a bha a' lìbhrigeadh. Chluich sinn bhideo le Shona Nic a' Phearsain air feumalachdan taice a bharrachd. Bha 20nar an làthair agus fhuair an còrr clàradh den t-seisean.

Àireamhan an sàs le seiseanan trèanaidh Fèisgoil uile gu lèir eadar 01.08.22 agus 01.09.22:

Luchd-lìbhrigidh	Pròiseactan Fèisgoil	Seiseanan	Com-pàirtichean
5	3	3	46

DRÀMA

<u>Meanbh-chuileag 2022-23: Sgeulachdan an Tilley (Tilley Tales)</u>

Tuilleadh fiosrachaidh mionaideach ann an aithisgean Aonghais agus Eilidh M/B. Tha mi air a bhith a' dealbhachadh ghoireasan do dh'Aonghas co-cheangailte ris an dealbh-chluich a thèid a cho-roinn le sgoiltean w/b 19.09.22. Tha dreachan de na sgeulachdan is òrain thraidiseanta, fios mu na cleasaichean agus liosta bhriathrachais bhon dealbh-chluich nan lùib am measg rudan eile.

CÀNAN

<u>Blasad Gàidhlig</u>: Air 16.06.22 thadhail mi air Bun-sgoil Ladeside cuide ri Coinneach MacLeòid (Heb Baker) agus Pàdruig MacCuidhein (Gàrradh Phàdruig) agus Seòras an cù. Chuir sinn latha spòrsail de Ghàidhlig air dòigh do Chlas 7 mus deach iad don àrd-sgoil às dèidh dhaibh Gàidhlig a dhèanamh tron bhun-sgoil. Rinn C&P Q&A anns a' mhadainn, le fios mun deidhinn agus an cuid obrach, beagan òrain Ghàidhlig. Feasgar, lìbhrig an dithis aca dà sheisean an urra air fuine agus gàirnealaireachd, a' teagasg bhriathrachais ùr don chloinn. Bha Norrie, oide BG na sgoile, ann airson taic a chumail riutha cuideachd agus airson òran bhon chòisir Ghàidhlig aca a

stiùireadh. Bha latha air leth ann agus bhitheamaid an dòchas tuilleadh dhen leithid a dhèanamh san àm ri teachd!

Tha sinn ann an co-obrachadh le Co-bhanntachd nan Ùghdarrasan Ionadail a-rithist agus tha 8 ùghdarrasan an sàs am-bliadhna:
An Eaglais Bhreac; Baile Ghlaschu; Earra-ghàidheal agus Bòd; Dùn Dè; Dùn Bhreatainn an Iar; Àir a Deas; Àir a Tuath; Àir an Ear. Tha sinn an sàs le bhith a' cur cùisean gu dol airson Teirm 2/3 leis an h-ùghdarrasan eile, ach tha an Eaglais Bhreac air tòiseachadh an teirm-sa:

Teirm 1: An Eaglais Bhreac a-mhàin

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
5	5	111	tbc

CEÒL

ICO|YMI: Tha mi fhìn air uallach a ghabhail airson ICO Fèis Inbhir Narainn a-rithist am-bliadhna agus thòisich seiseanan air 15.09.22 le cuirm bho Sandra NicAoidh agus Charlie McKerron do gach sgoil san sgìre. Tòisichidh seiseanan aghaidh ri aghaidh an ath-sheachdain.

Terms 1&2: YMI Fèis Inbhir Narainn

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
5	4	53	173

Acadamaidh a' Mhòid: Tha sinn a' lìbhrigeadh seiseanan taice le Claire Frances NicNìll an-dràsta do sgoilearan ann an Comhairle Pheairt is Cheann Rois a bhios a' gabhail pàirt sa Mhòd am-bliadhna. Ron t-samhraidh, lìbhrig sinn seiseanan do chlasaichean bho 11 sgoiltean anns an sgìre gus blasad a thoirt dhaibh air òrain is bàrdachd na Gàidhlig. An teirm-sa, tha sinn cuideachd a' cur taic ri Bun-sgoil Ghoodlyburn le bhith a' deasachadh airson pàirt a ghabhail ann an cuirm Ar Cànan 's ar Ceòl aig Talla Chonsairt Pheairt, 15.10.22 cuide ri Patsy Reid is ceòladairean eile, cuide ri bhith gan cuideachadh leis na farpaisean aca.

Teirm 4 2021-22 (ach toiseach bliadhna ionmhais 2022-23)

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
6 (4+2 relief)	11	123	tbc

Teirm 1 2022-23 Bun-sgoil Ghoodlyburn & Bun-sgoil Whitehills

Oidean	Sgoiltean	Seiseanan	Sgoilearan
1	2	47	26

PRÒISEACTAN EILE

TVV: Shuidh mi a-staigh air clàradh ghuthan airson bhidio TVV, is chuir mi tionndadh Gàidhlig air an sgriobt. Sgaoil mi air na meadhanan-sòisealta e aon uair 's gun robh e deiseil airson a' mhòr-shluaigh.

A' tarraing luchd-èisteachd is a' meudachadh nan àireamhan aca

20 Bliadhna ICO|YMI: Tha mi an-dràsta ag obair air sreath de phostan do na meadhanan-sòisealta gus 20 bliadhna de ICO a chomharrachadh. Tha mi air agallamh a chlàradh le Rae NicEachainn, Bruce Robastan agus Norman Bolton a bha an sàs faisg air toiseach na h-iomairt is tha mi ga ghearradh gu criomagan a bhios freagarrach do na meadhanan-sòisealta. Thèid a thaisbeanadh aig a' Choinneamh Bhliadhnail.

Blas: Bha mi an sàs ann a bhith a' cur siubhal air dòigh do chuid de cheòladairean am-bliadhna, cuide ri bhith a' cur running order air dòigh do gach cuirm. Bha mi nam Bhlas rep aig cuirmean Eliza Ross air 06.09.22 (SMO) agus 07.09.22 (Ratharsair).

YoungScot Gaelic & Scots Roundtable: 18.08.22 – Chòrd e rium a bhith a' cluinntinn bho luchd-labhairt na Gàidhlig ris na do thachair sinn roimhe, agus ag innse dhaibh mu obair FnG agus na cothroman a tha ri fhaotainn.

Riaghladh, ionmhas agus luchd-obrach

Coinneamhan: Bha measadh agam le Eilidh M/B air 25.08.22 ann an Inbhir Nis. Air an ràith seo, tha mi air a bhith ann an coinneamhan le Gillian Campbell-Thow bhon Cho-bhanntachd agus The Pines Inverness. Tha mi cuideachd air coinneachadh ri corra oide gus taic a thoirt dhaibh le trioblaidean teic (no eile) a tha air èirigh.

Ainm	**Lùcas Slater**
Dreuchd	**Rianadair**

Taic do agus ag adhartachadh nam Fèisean

- Làimhseachadh leantainneach air rianachd Tasgadh agus Maoin nan Ealan Gàidhlig
- Làimhseachadh leantainneach air ionnstramaidean, cùmhnantan fastaidh agus càradh
- Pàighidhean thabhartasan is rianachd nam Fèisean
- Taic làrach-lìn coitcheann do bhuill sgioba
- Deasachadh bhidio airson Fèisgoil
- Fàirdeal, rèiteachadh, agus clàradh chosgaisean
- Logadh sgaoilidhean gualain
- Taic le eagrachadh Coinneamh Bhliadhnail
- Innealan airson Fèisean, an dà chuid a' cur air dòigh liubhairt/tilleadh, agus a' lìbhrigeadh ruith gu pearsanta nuair a tha cinn-ama teann
- Seiseanan trèanaidh airson oidean agus luchd-obrach a' cleachdadh Microsoft Teams, Adobe InDesign agus Wordpress
- Dealbhadh agus obair-ealain de phostair/prògraman agus làrach-lìn airson Blas.

A' leasachadh sgilean is thàlantan

- Le bhith a' fàs misneachd anns a' Ghàidhlig thug mi orm a bhith ga cleachdadh mòran nas trice, sgrìobhte agus labhairteach
- Ionnsachadh leantainneach air Sgiobaidhean Microsoft agus siostaman Google Meets airson taic theicnigeach
- Tha mi an-còmhnaidh ag ionnsachadh rudan ùra nuair a bhios mi a' cleachdadh Mailchimp, Adobe no aplacaid cruthachail sam bith eile
- Ag ionnsachadh mar a chuireas tu air dòigh agus a luchdaicheas tu suas Podcasts agus mar a chruthaicheas tu sruthan.

A’ toirt ealain is cultar na Gàidhlig air adhart an lùib oideachadh cruthachail

- Obair dealbhachaidh air a chrìochnachadh airson grunn phròiseactan, gu sònraichte Fèisgoil agus Hùb Hàb, tha mi an-dràsta ag obair air dealbhadh aithisg Steve Westbrook agus Aithisg Bhliadhnail
- Ùrachaidhean leantainneach air an làrach-lìn, Sgrùdaidhean Cùise ùra air an cur ris an làrach airson Tasgadh
- Stèidhich airson sruthadh podcast agus amalachadh làrach-lìn.

Fèisean nan Gàidheal

Co-chomhairle air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.02(d)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu fhreagairt a chuir Fèisean nan Gàidheal don cho-chomhairle air dreachd Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.

Pàipear

Bidh cuimhn' aig buill a' Bhùird gun deach aontachadh aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd gun ullaicheadh mi-fhìn freagairt don cho-chomhairle shuas is, le aonta a' Chathraiche, gun cuireamaid pàipear air adhart às leth Fèisean nan Gàidheal.

Mar a chaidh aontachadh, tha am freagairt ga chuairteachadh anns na duilleagan a leanas. Leis gun deach seo ullachadh sa Ghàidhlig a-mhàin chan eil eadar-theangachadh ri fhaighinn.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhreagairt a chaidh a-steach às leth na buidhne.

Art MacCarmaig
Ceannard
An t-Sultain 2022

DREACH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2023-28

Freagairt aig Fèisean nan Gàidheal

GEÀRR-CHUNNTAS AIR AR BEACHDAN

Tha Fèisean nan Gàidheal toilichte am freagairt seo a chur a-steach don cho-chomhairleachadh poblach air an ceathramh Plana Nàiseanta Gàidhlig.

Tha sinn a' toirt beachd air amasan a' Phlana agus a' mìneachadh far a bheil àite aig Fèisean nan Gàidheal gan cur an gnìomh, no far a bheil sinn den bheachd gun gabhadh an leasachadh.

Tha sinn ag aontachadh ris an lèirsinn agus gu bheil a' Ghàidhlig mar phàirt de dhualchas na h-Alba agus gum buineadh i ris a h-uile duine. Tha sinne cuideachd mothachail bhon obair againn fhìn air mar a tha a' Ghàidhlig a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta is eaconamach agus a' cur ri sunnd agus deagh shlàinte-inntinn.

Tha Fèisean nan Gàidheal a' creidsinn gu bheil feum air coimhearsnachdan làidir ma tha a' Ghàidhlig gu bhith buan agus gu bheil feum air barrachd taic do choimhearsnachdan de gach seòrsa. Ged a tha àm ri teachd don chànan an eisimeil daoine a bhith dealasach don Ghàidhlig agus a bhith ga cleachdadh, tha taic na stàit fhathast deatamach agus chan e a-mhàin taic don chànan a tha a dhìth ach taic do na daoine ann an coimhearsnachdan far a bheil, no far am faodadh, daoine an cuid sgilean Gàidhlig a chur gu feum.

Tha sinn a' cur fàilte air aithne mu cho cudromach 's a tha na h-ealain a-measg ghnìomhan eile san dreach Phlana agus tha sinne a' creidsinn gu bheil com-pàirt anns na h-ealain agus cur-seachdan culturach a' cur gu mòr ri maith agus eaconamaidh choimhearsnachdan.

1 RO-RÀDH

Thuirt tè a bha na Rùnaire Chaibineit airson Cultair, Fiona Hyslop: "Tha fhios againn ma thèid daoine an sàs ann an gnothaichean cultarach gum faod sin cuideachadh le bhith neartachadh agus a' cur ri maith choimhearsnachdan is dhaoine. Le sin tha mi a' smaoineachadh air Fèisean nan Gàidheal a tha am measg nam prìomh bhuidhnean a tha toirt nan ealain Gàidhlig air adhart. Gu dearbh, tha rannsachadh a' sealltainn chan e a-mhàin gu bheil daoine òga ag ionnsachadh sgilean ùra bho bhith dol an sàs ann an tachartasan cultarach, ach cuideachd tha iad a' cur barrachd sùim annta fhèin agus tha barrachd tuigse aca air cò iad."

Tha an dòchas is a' bheothalachd a th' ann an-diugh a thaobh ceòl traidiseanta agus adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba, gu ìre nach beag, mar thoradh air mar a tha na Fèisean air soirbheachadh.

Tha Fèisean nan Gàidheal air aon de na buidhnean a tha faotainn maoineachadh gu cunbhalach bho Alba Chruthachail agus tha sinn an-dràsta a' lìbhrigeadh cùmhnant le taic bho Bhòrd na Gàidhlig. Leis an airgead a tha sinn a' tarraing bho thùsan nach eil gu sònraichte co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, tha na tha sinn a' togail de mhaoin a' cur ri cosg air a' Ghàidhlig ann an Alba.

Tha rannsachadh neo-eisimeileach a chaidh a dhèanamh bho chionn ghoirid air dearbhadh gu bheil teachd a-steach faisg air £3m aig Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean ionadail. Tha an rannsachadh a' sealltainn gu bheil an obair a tha sinn a' dèanamh, agus na cothroman a tha i a' cruthachadh do dhaoine fa leth agus luchd-ealain, a' toirt buaidh nach beag air cultur na dùthcha, air a' Ghàidhlig air an eaconamaidh agus air slàinte is sunnd nan daoine a tha an sàs.

Ged a tha Covid air buaidh a thoirt air an àireamh de thachartasan agus chom-pàirtichean, beag air bheag tha sinn a' faighinn seachad air sin agus a' tilleadh gu suidheachadh a tha nas àbhaistiche. Ge-tà, tha sinn cuideachd air tòrr ionnsachadh mu obair didseatach agus modhan-obrach eadar-dhealaichte a bheireadh buaidh air cùisean san àm ri teachd. Feumail 's gu bheil na cothroman ùra seo, ma tha coimhearsnachdan fallain, Gàidhlig gu bhith soirbheachail, feumaidh daoine a bhith cruinn còmhla ach cha chuir sinn ar cùl ris na coimhearsnachdan a tha beò air loidhne.

A dh'aindheoin Covid, tha na Fèisean a' toirt cosnadh do cheudan de luchd-ealain gu cunbhalach agus iad a' teagasg ann an coimhearsnachdan is sgoiltean. Fhuair gu leòr den sàr luchd-ciùil is seinneadairean a th' againn an-diugh oideachadh is brosnachadh a bha fìor chudromach dhaibh aig na Fèisean, agus tha cuid aca a-nis am measg an luchd-ciùil as fheàrr a th' againn ann an Albainn agus iad a' faighinn beòshlaint bho bhith cluich is a' teagasg ceòl traidiseanta agus a' seinn is a' teagasg òrain Ghàidhlig air feadh an t-saoghail. 'S ann bhon tobar seo, gu ìre mhòr, a tha BBC ALBA a' tarraing dhaoine a bhios a' cluich is a' seinn air prògraman telebhisein agus bidh iad a' cur ris na tha stiùidiothan clàraidh is companaidhean chlàran a' cosnadh agus, le sin, a' lìonadh phrògraman air radio le ceòl na Gàidhlig.

Tha na Fèisean cuideachd a' dèanamh tòrr a thaobh a bhith cuideachadh dhaoine òga leis na sgilean Gàidhlig aca, agus a thaobh a bhith brosnachadh bàidh don chànan am measg nan daoine a ghabhas pàirt sna Fèisean agus tha tòrr dhiubh sin air fileantas a ruighinn ann an Gàidhlig.

Tha Fèisgoil a' cur gu mòr ri seo cuideachd; seirbheis a stèidhich Fèisean nan Gàidheal airson diofar sheòrsaichean obrach ann an sgoiltean agus sa choimhearsnachd a tharraing còmhla. 'S i seirbheis luachmhor a tha seo do bhuidhnean poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig a bhios a' toirt chothroman dhaibh nan gealltanasan aca a choileanadh.

2 FREAGAIRTEAN DO CHEISTEAN A' CHO-CHOMHAIRLEACHAIDH

Ann a bhith a' cur am pàipear seo ri chèile tha sinn air cumail ris na ceistean a bha fa ar comhair anns a' phàipear cho-chomhairleachaidh leis na freagairtean a leanas.

2.1 A bheil sibh den bheachd gu bheil am measgachadh as fheàrr de àrd-amasan, targaidean, amasan agus raointean obrach agus gnìomhan airson na Gàidhlig san dreachd Plana aig an àm seo, is mur a h-eil, dè bheireadh piseach air seo?

Tha cumadh a' Phlana freagarrach agus a' mìneachadh do luchd-leughaidh na h-adhbharan a tha e ann agus tro na ceumannan a tha ri ghabhail airson a chur an gnìomh.

2.2 Tha farsaingeachd àrd-amasan agus thargaidean a' stiùireadh a' Phlana. A bheil sibh den bheachd gu bheil na h-àrd-amasan agus targaidean iomchaidh, no a bheil molaidhean agaibh airson feadhainn eile?

Tha sinn gu sònraichte a' cur fàilte air an àrd-amas gum bu chòir dha a bhith comasach dhan a h-uile duine cothrom fhaighinn air, agus tlachd fhaighinn à, ealain is cultar na Gàidhlig gu pearsanta.

Nan soirbheachadh le seo, bhiodh àrd-amasan eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig àbhaisteachadh gan coileanadh agus 's dòcha gun togadh e barrachd iarrtais airson seirbheisean tron Ghàidhlig bho ùghdarrasan poblach.

A thaobh na bhios e comasach dhuinne a dhèanamh, tha fàilte ga cur air an àrd-amas mu sgoilearan bun-sgoile ann an Alba agus mun tlachd agus buannachdan a dh'fhaodadh iad fhaighinn bho bhith a' gabhail pàirt sa Ghàidhlig tron iomairt 1+2 agus air loidhne.

Bu chòirear a bhith mothachail ge-tà, nach eil gu leòr de dh'ùghdarrasan ionadail ann fhathast a tha a' tabhann chothroman do dh'òigridh a' Ghàidhlig a thogail agus tha ceistean ann mu sheasmhachd na h-iomairt agus cànan a ghlèidheadh leis cho beag 's a tha an ùine a tha cuid aca a' cur seachad ag ionnschadh na Gàidhlig.

Ged a tha na targaidean a th' anns a' Phlana feumail, bu mhath leinn targaid fhaicinn co-cheangailte ri cultar na Gàidhlig a chuireadh ris an àrd-amas mu chothroman do gach duine a bhith an sàs. Ciamar a ghabhadh an t-àrd-amas sin a lìbhrigeadh, no ciamar a bhios dearbhadh ann gu bheilear ga lìbhrigeadh, gun targaid?

Tha sinn gu mòr a' gabhail ris na targaidean a thaobh foghlaim a leudachadh. Ge-tà, tha barrachd chuideam a dhìth air leudachadh ann am foghlam tron Ghàidhlig aig ìre àrd-sgoile, agus cruaidh fheum air adhartas a dhèanamh cho luath 's a ghabhas. Ged a bhiodh e math nan dèanadh ùghdarrasan ionadail cinnteach gum bi tairgse curraicealaim leasaichte is leudaichte ann, tha sinn teagmhach mu earbsa a chur ann am planadh leasachaidh agus aithisgean inbhean agus càileachd bliadhnail mar phrìomh inneal seo a thoirt gu buil.

2.3 Tha grunn ghnìomhan ann a thaobh gach raon obrach. A bheil sibh a' smaoineachadh gum bu chòir amasan sònraichte a bhith ceangailte ris na gnìomhan agus ma tha, bhiodh fàilte air na molaidhean agaibh air dè bu chòir a bhith ann.

Ged nach eil seo a' buntainn ri Bòrd na Gàidhlig a-mhàin agus leis gur e Plana Nàiseanta a tha seo, bu mhath leinn gnìomhan fhaicinn co-cheangailte ri fusglaidhean a lorg air an staing taigheadais agus gainnead obraichean a tha a' toirt buaidh air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan. Ma tha coimhearsnachdan làidir gu bhith beò sna h-eileanan feumaidh gach oidhirp a bhith ann bhon riaghaltas, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach eile obraichean a chruthachadh, a ghluasad no a ghlèidheadh sna sgìrean sin. Feumaidh poileasaidhean làidir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig a bhith co-cheangailte riutha. Ach gun àitichean-fuirich do dhaoine, cha shoirbhich le oidhirp sam bith mar sin agus bhiodh e deatamach iomradh a bhith air a leithid sa Phlana airson stìuir a thoirt do bhuidhnean eile a bhios an sàs ga chur an gnìomh.

Co-cheangailte ris na meadhanan, ealain, cultar agus dualchas, tha cruaidh fheum air àrdachadh anns na h-àireamhan de phròraman ùr air BBC ALBA agus poileasaidh nas treasa a thaobh an ìre de Ghàidhlig a tha a' nochdadh anns na pròraman. Ged a bu chòir cuideam a bhith air gnothaichean sna meadhanan a tha a' tarraingeach do dh'òigridh, gun teagamh, 's iad daoine nas sine a bhios a' coimhead air telebhisean 'àbhaisteach' agus bu chòir barrachd chuideam a bhith air pròraman a tha tarraingeach dhaibhsan.

Tha sinn a' cur ar làn-taic ris a' ghnìomh mu bhrosnachadh is taic a thoirt do bhuidhnean agus fèisean ealain gus Gàidhlig a bhith mar phàirt den obair aca. Mar an ceudna, ris a' ghnìomh barrachd taic bho bhuidhnean poblach do bhuidhnean ealain Gàidhlig gus ruigsinneachd is com-pàirteachadh a chruthachadh agus a leudachadh.

Chuireamaid fàilte air buaidh nas fheàrr bho Phlanaichean Gàidhlig nam buidhnean poblach. Feumaidh adhbharan a bhith aig daoine, agus am miann, a' Ghàidhlig a chleachdadh. A bharrachd air brosnachadh agus misneachd a thoirt do dhaoine seo a dhèanamh, bu chòir do phlanaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan poblach a bhith fìor chudromach agus cuideachail. Dh'fhaodadh daoine a bhith sgìth a' cluinntinn mu phlanaichean ach 's e fìrinn na cùis nach tèid càil air adhart gun phlana ma tha airgead – poblach no prìobhaideach - ga shireadh. Ach fiù 's ged a bhios an t-airgead ann, agus planaichean, cha bhi toradh ann gun saothair, agus bidh feum aig sluagh na dùthcha air taic leantainneach thairis air ùine mhòr ma tha iomairt sam bith a' dol a shoirbheachadh ann an da-rìribh.

Bhitheamaid toilichte com-pàirt a bhith againn ann an còmhraidhean mu Ghàidhealtachd a stèidheachadh agus neartachadh a thoirt air taic don Ghàidhlig tro Bhile nan Cànan Albannach.

An dèidh dhuinn pròiseact a lìbhrigeadh do Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba, tha sinn ag aontachadh gu bheil barrachd obrach a dhìth prìomhachas a thoirt don Ghàidhlig ann an cur an gnìomh Achd nan Eilean.

Tha cor na Gàidhlig glè thric na comharra air fallaineachd nan sgìrean sin san fharsaingeachd. Mura bheil obraichean annta, no taigheadas, cha bhi daoine ag obair no a' fuireach sna sgìrean sin. Mura bheil sluagh anns na coimhearsnachdan, no co-dhiù daoine le comasan sa chànan, cha bhi a' Ghàidhlig annta. Fiù 's ged a bhitheadh taighean ann, chan eil gealltanas sam bith ann gur iad daoine le Gàidhlig a bhios a' fuireach annta. Mar an ceudna le obraichean. Às aonais poileasaidh làidir a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach, dh'fhaodadh dreuchdan a bhith gan cruthachadh agus air an lìonadh le daoine gun chomas sam bith sa chànan.

Mar sin, chan eil sinn a' bruidhinn mu neartachadh cànain a-mhàin ach neartachadh choimhearsnachdan san fharsaingeachd agus poileasaidhean làidir - 's dòcha neo-tharraingeach - a chur an sàs co-cheangailte ri cleachdadh na Gàidhlig.

Le bhith a' cur ar taic ris an àrd-amas a thaobh Gàidhlig san iomairt 1+2, ann an 2.2 gu h-àrd, tha sinn cuideachd a' cur fàilte air a' ghnìomh fàs a thoirt air a' Ghàidhlig mar nuadh-chànan a rèir na h-iomairt sin. Bhitheadh Fèisgoil ann an suidheachadh fìor mhath airson taic a chumail ri ùghdarrasan seo a thoirt gu buil nam biodh seasmhachd ann a leigeadh leinn a' cur ris an sgioba againn.

2.4 Tha dòigh-obrach fharsaing agus in-ghabhalach a thaobh brosnachadh agus taic dhan Ghàidhlig. A bheil sibh a' smaoineachadh gu bheil dòigh-obrach fharsaing ceart airson na Gàidhlig aig an àm seo?

Tha sinn mothachail air an uiread de dhaoine, bhuidhnean agus deagh-rùn a tha follaiseach ann am brosnachadh agus leasachadh na Gàidhlig. Bu chòir dhuinn uile a bhith a' dèanamh ar dìcheall sin a chumail fallain, neartmhor agus a' cur luach air an àireamh mhòr de dhaoine a tha ag obair gu saor-thoileach às leth na Gàidhlig.

Tha sinne a' dèanamh nas urrainn dhuinn do mhuinntir nam Fèisean oir, às an aonais, cha bhiodh an lìonradh de bhuidhnean ann airson an uiread de thachartasan a chur air adhart ann an coimhearsnachdan.

Tha feum air an dà chuid saothair shaor-thoileach agus daoine air am fastadh airson obair adhartachadh ge-tà agus tha sinn a' cur fàilte air a' ghnìomh barrachd dhreuchdan a chruthachadh, gu sònraichte airson taic a chumail ri coimhearsnachdan agus buidhnean coimhearsnachd a leithid urrasan a th' air smachd a ghabhail air fearann. Tha feum air lìonradh nas èifeachdaiche airson taic a chumail ri oifigearan Gàidhlig agus feumaidh trèanadh a bhith ann dhaibh airson an obair a thoirt air adhart.

Ged a tha feum ann sùil gheur a chumail air na cothroman a bu chòir a bhith ann coimhearsnachdan Gàidhlig 'traidiseanta' a neartachadh, bu chòir do leasachadh na Gàidhlig a bhith in-ghabhalach agus cha bu chòir dhuinn ar cùl a chur ri duine sam bith a tha ag iarraidh a' Ghàidhlig ionnsachadh agus coimhearsnachd de sheòrs eile, air loidhne no sa bhaile mhòir, a stèidheachadh.

2.5 Tha am Plana airson 's gum bi a' Ghàidhlig nas tarraingiche do dhaoine fa leth agus do theaghlaichean agus gum faicear barrachd misneachd ann an cleachdadh na Gàidhlig. Dè eile a dh'fhaodadh cuideachadh le seo nur beachd?

Tha àite na Gàidhlig ann am foghlam agus san dachaigh gu math cudromach agus tha e ceart gu bheil prìomhachas ga thoirt do ghnìomhan a tha a' dol a neartachadh sin. Ach tha sinn a' cur failte, cuideachd, air aithne san dreach Phlana air buaidh nam meadhanan, ealain, cultar agus dualchas air beatha chultarach agus air ìomhaigh na Gàidhlig aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

Tha an rannsachadh a chaidh a dhèanamh air obair Fèisean nan Gàidheal bho chonn ghoirid air dearbhadh gu bheil com-pàirt anns ana h-ealain agus na cothroman obrach a tha na lùib, a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig, a' beairteachadh na Gàidhlig a-measg luchd-labhairt agus a' toirt adhbhar do dhaoine a bhith ga togail agus ga bruidhinn.

Tha seo uile a' ciallachadh gu bheil na cothoman a tha na h-ealain a chruthachadh do dhaoine a' toirt dhaibh misneachd an cuid sgilean Gàidhlig a chur gu feum aig an aon àm 's a tha tachartasan a' cur ris an eaconamaidh.

2.6 Dè eile nur beachd a dhèanadh cinnteach gum biodh a' Ghàidhlig soirbheachail ann an Alba san àm ri teachd?

Tha adhartas nach beag air a bhith ann a thaobh inbhe na Gàidhlig a thogail agus a neartachadh thar nam bliadhnaichean. Dh'fhaodadh deasbad a bhith ann mu cho math 's a tha sinn air a bhith, mar Ghàidheil, brath a ghabhail air na cothroman a tha a h-uile ceum air toirt dhuinn. Mar eisimpleir, a bheil sinn air a bhith àrd-amasach gu leòr agus dàna?

Air a' cheann thall 's e cothroman a thoirt do dhaoine a' Ghàidhlig a thogail, misneachd a thoirt dhaibh a cleachdadh agus a beairteachadh agus an cuid chloinne a thogail leis a' chànan anns na coimhearsnachdan aca anns na h-eileanan no air tìr mòr a tha a' dol a dhèanamh eadar-dhealachadh.

Le sùil air ais air an t-soirbheas de sheòrs air choreigin a th' air a bhith ann maill a chur air crìonadh na Gàidhlig, bu chòir dhuinn cuideachd a bhith a' cur ar sùil air adhart agus tha am Plana seo a' toirt adhabhar dhuinn sin a dhèanamh.

CO-DHÙNADH

Ann a bhith a' toirt seo gu ceann, tha taic-airgid an riaghaltais airson na Gàidhlig aig an ìre as àirde a-riamh a dh'aindheoin 's nach eil àrdachaidhean mòra air a bhith ann thairis air an ùine bho thàinig Bòrd na Gàidhlig gu bith. Chan eil seo seasmhach.

Ach cha bu chòir dhuinn a bhith a' coimhead ri buidseatan Gàidhlig a-mhàin airson leasachaidhean a thoirt gu buil. Bu chòirear tagradh airson barrachd airson na Gàidhlig, gu cinnteach, ach bu chòirear cuideachd a dhèanamh cinnteach gum faigh a' Ghàidhlig cuibhreann nas motha de na billeanan a tha ann an eaconamaidh na h-Alba, ga chosg air foghlam, leasachadh eaconamach, craobh-sgaoileadh, na h-ealain, cultar is eile. 'S e sin far am bu chòir don lanalana Nàiseanta seo a bhith feumail.

Tha sinn ag aontachadh nach ann air aon bhuidheann a-mhàin a tha an t-uallach airson adhartas a dhèanamh leis na prìomhachasan anns a' Phlana seo agus bidh Fèisean nan Gàidheal gu math deònach a dhìcheall a dhèanamh cuideachadh ga chur an gnìomh.

na Mhoireach	**MacCarmaig**
thraiche Fèisean nan Gàidheal	nnard Fèisean nan Gàidheal

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(a)	
Teachd a-steach agus cosgaisean 2022-23 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31mh Lùnastal 2022	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(b)	
Bidh na suimeannan a th' againn anns a' bhanca air an dearbhadh aig a' choinneimh	Aithris airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(c)	
Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2022, air an ullachadh le Mann Judd Gordon	Airson Deasbaid agus Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(d)	
Tabhartasan air an gealltainn do na Fèisean airson 2022-23 leis na chaidh a phàigheadh gu 31 Lùnastal 2022	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(e)	
Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2022, air an ullachadh le Mann Judd Gordon, agus litir rìochdachaidh	Airson Aontachaidh
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(f)	
Chaidh cùmhnant trì-bliadhna aontachadh le Mann Judd Gordon ann an 2019. Ged a tha an ùine sin air ruith a-mach 's iad, an turas mu dheireadh, a-mach à grunn thagraichean, a chuir air adhart an tagradh as reusanta. 'S dòcha gum bu mhath leis a' Bhòrd an obair a chur a-mach gu tairgse a-rithist sa bhliadhna a tha romhainn, ach tha Mann Judd Gordon air daingneachadh gum bi iad deònach a chumail a' dol leis an obair agus tha iad deònach, cuideachd, am prìs ùr a tha ga moladh a chumail aig an aon ìre fad dà bhliadhna. 'S e ar moladh gum bu chòir don Bhòrd an dearbhadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail mar luchd-sgrùdaidh airson 2022-23.	Airson Aontachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
An t-Sultain 2022

Teachd a-steach agus a-mach 2022-23 leis mar a thionndaidh cùisean a-mach gu 31 Lùnastal 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(a)

TEACHD A-STEACH	**2022-23**	**ÙINE**	**FÌOR**	**DIOFAR**	
Prìomh Thabhartasan	£350,810	£146,171	£179,478	-£33,307	1
Cìsean Stiùiridh	£152,247	£63,436	£99,500	-£36,064	2
Sgeama Thabhartasan	£187,000	£77,917	£124,100	-£46,183	3
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£130,000	£54,167	£130,000	-£75,833	4
Uairean Bliadhnail	£12,000	£5,000	£12,000	-£7,000	
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£90,000	£37,500	£62,250	-£24,750	5
Trèanadh	£4,000	£1,667	£3,000	-£1,333	
Fèisgoil	£513,734	£214,056	£368,034	-£153,978	6
Fèis Bhlas	£209,434	£87,264	£192,019	-£104,755	7
Teachd-a-steach Eile a chaidh a Chosnadh	£12,300	£5,125	£5,247	-£122	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£39,500	£16,458	£3,500	£12,958	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,553	£13,564	£24,356	-£10,792	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£5,000	£2,083	£5,000	-£2,917	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£12,500	£5,208	£4,000	£1,208	
Goireasan is Pròg̣ram Didseatach	£3,000	£1,250	£3,000	-£1,750	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£3,000	£1,250	£3,000	-£1,750	
FèisTV	£12,800	£5,333	£10,000	-£4,667	
Teachd-a-steach fhathast ri thogail	£32,853	£13,689	£0	£8,139	
TEACHD A-STEACH GU H-IOMLAN	**£1,802,731**	**£751,138**	**£1,234,034**	**-£482,896**	
TEACHD A-MACH					
COSGAISEAN RUITH					
Tuarastalan an Luchd-obrach	£374,965	£156,235	£148,363	£7,872	
Suimeannan NIC	£37,497	£15,624	£11,346	£4,278	
Suimeannan Pàighte do Pheinnseanan	£18,748	£7,812	£7,416	£396	
Siubhal, Àiteachan-fuirich, Biadh do Luchd-obrach	£6,000	£2,500	£4,507	-£2,007	
Màl is Cìsean airson Oifisean	£22,000	£9,167	£13,698	-£4,531	
Stuthan Pàipeir, Clò-bhualadh, Postachd is Lethbhreacan pàipeir	£15,000	£6,250	£8,804	-£2,554	
Uisge is Dealain	£22,000	£9,167	£6,651	£2,516	
Cosgaisean a' Bhùird	£3,000	£1,250	£859	£391	
Cur Poileasaidh Dìon Chloinne an Gnìomh	£6,000	£2,500	£2,395	£105	
Àrachas	£10,000	£4,167	£2,210	£1,957	
Cosgaisean Beaga	£5,000	£2,083	£2,410	-£327	
Cìsean Cunntasachd is Banca	£8,500	£3,542	£56	£3,486	
Cìsean Proifeiseanta	£2,000	£833	£391	£442	

A’ Gleidheadh Stòras Ionnsramaidean	£1,500	£625	£679	-£54	
Feuman Taice a Bharrachd	£3,000	£1,250	£0	£1,250	
Cosgaisean Calpa	£3,000	£1,250	£1,499	-£249	
COSGAISEAN PHRÒGRAM					
Tabhartasan air am Pàigheadh A-mach	£157,000	£65,417	£65,218	£199	
Uairean Bliadhnail	£12,000	£5,000	£6,920	-£1,920	
Maoin Leasachaidh nam Fèisean	£160,000	£66,667	£0	£66,667	8
Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	£90,000	£37,500	£34,624	£2,876	
Cìs Stiùiridh Tabhartasan Beaga nan Ealan Traidiseanta	-£8,500	-£3,542	-£8,500	£4,958	
Pròg̀ram Trèanaidh	£4,000	£1,667	£2,815	-£1,148	
Cìs Stiùiridh airson a’ Phròg̀raim Trèanaidh	-£1,000	-£417	-£1,000	£583	
Fèisgoil	£513,734	£214,056	£161,144	£52,912	9
Cìs Stiùiridh airson Fèisgoil	-£102,747	-£42,811	-£50,000	£7,189	
Co-labhairt Bhliadhnail	£10,000	£4,167	£10,984	-£6,817	
Fèis Bhlas	£209,434	£87,264	£95,110	-£7,846	
Cìs Stiùiridh airson Fèis Bhlas	-£25,000	-£10,417	-£25,000	£14,583	
Taic do Chèilidhean air Chuairt	£39,500	£16,458	£34,176	-£17,718	
Cìs Stiùiridh airson Cèilidhdean air Chuairt	-£4,000	-£1,667	-£4,000	£2,333	
Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	£32,553	£13,564	£22,805	-£9,241	
Cìs Stiùiridh airson Tachartasan Còmhnaidheach Gàidhlig	-£3,000	-£1,250	-£3,000	£1,750	
Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	£5,000	£2,083	£2,560	-£477	
Cìs Stiùiridh: Sgrìobhadh Òrain Ghàidhlig, Tasglannan, Nithean Ùr-nodha	-£2,000	-£833	-£2,000	£1,167	
Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir	£3,000	£1,250	£1,540	-£290	
Cìs Stiùiridh airson Meadhanan/PR/Ùrachaidhean air an làrach-lìn/Cuairt-litir		-£1,000	-£83.33	-£83	
Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	£12,500	£5,208	£2,000	£3,208	
Cìs Stiùiridh airson Mòr-chuirmean is Cothroman Eadar-nàiseanta	-£2,000	-£833	-£2,000	£1,167	
Goireasan is Pròg̀ram Didseatach	£3,000	£1,250	£1,000	£250	
Cìs Stiùiridh airson Goireasan is Pròg̀ram Didseatach	-£1,000	-£417	-£1,000	£583	
FèisTV	£12,800	£5,333	£6,166	-£833	
Cìs Stiùiridh FèisTV	-£2,000	-£833	-£2,000	£1,167	
Cùl-taice	£0	£0	£0	£0	
FO-SHÙIM IOMLAN AIRSON CAITEACHAS	**£1,650,484**	**£687,702**	**£558,846**	**£128,856**	
Cìsean Stiùiridh	£152,247	£63,436	£99,500	-£36,064	
CAITEACHAS IOMLAN	**£1,802,731**	**£751,138**	**£658,346**	**£92,792**	
Air a chur chun na Maoine Glèidhte	£15,225	£6,344	£0	£6,344	
CÒRR/(CALL)	**£0**	**£0**	**£575,688**	**-£575,688**	

Fiosrachadh:

1. Airgead prìomh luchd-maoineachaidh a-staigh
2. Cìsean pròiseactan a-mach anns an Lùnastal
3,4 & 7. Airgead bho Alba Chruthachail airson Covid -19 (Maoin ath-shlànachaidh)
5. Airgead na bliadhna-sa bho Alba Chruthachail
6. Airgead a thàinig a-staigh bho Riaghaltas na h-Alba airson Treòir | Voar | Virr
8. Litrichean tairgse air a dhol a-mach ach airgead ri phàigheadh
9. Airgead Treòir | Voar | Virr air a chosg ach a’ mhòr chuide de chosg air Fèisgoil anns an teirm sgoile ùr

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(c)

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated Management Accounts
Quarter ended 30 June 2022

Description	Total	Core activities	Bias Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	Maoin nan Ealan Gàidhlig - *restricted fund*	Treòir - *restricted fund*	Tasgadh Fund- *restricted fund*
STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES									
INCOME AND ENDOWMENTS									
Creative Scotland	421,351	356,101		3,000			36,000		26,250
Highland Council	100,663	100,663							
Comhairle nan Eilean Siar	0	0							
Argyll & Bute Council	18,450	18,450							
Highland & Islands Enterprise	0	0							
Bord na Gaidhlig	91,000	86,000				5,000			
Scottish Government	192,734	0			192,734				
Membership fees	150	150							
Sale of publications	13	13							
Instrument bank revenue	978	978							
Ceilidh Trails - earned income	350	350							
Feisgoil - earned income	38,322				38,322				
Other income	7,996	2,996	5,000						
Bank interest received	345	345							
Total incoming respources	**872,351**	**566,045**	**5,000**	**3,000**	**231,056**	**5,000**	**36,000**	**0**	**26,250**
RESOURCES EXPENDED									
Charitable activities									
Wages	90,192	90,192							
Employer's National Insurance	4,493	4,493							
Pensions	4,507	4,507							
Child protection costs	498	498							
Training	1,060			1,060					
Resources	1,369				1,369				
Feisgoil - delivery costs	28,695				28,695				
Archiving project	360	360							
Sgoil Shamhraidh	73					73			
Cleachdaigantaigh	1,137	1,137							
Treòir (Feisgoil)	30,960				30,960				
Tachartasan Comhnaidh	3,309					3,309			
Inter Feis activities	279	279							
Feis TV	1,258	250			1,008				
SG - Support for Feisean	1,035	1,035							
Devolved Fund - MEG	687						687		
Research project	6,000	6,000							
Bias - Travel and support	419		419						
Instrument bank costs	175	175							
	176,507	108,927	419	1,060	62,031	3,382	687	0	0
Support costs									
Office rent	4,612	4,612							
Insurance	767	767							
Light and heat	1,332	1,332							
Telephone	2,420	2,420							
Printing postage & stationery	3,829	3,829							
Sundries	1,382	1,382							
Website	332	332							
Staff travel and expenses	1,657	1,657							
Depreciation	2,449	2,449							
Audit & accountancy	2,045	1,770	275						
Committee expenses	697	697							
Legal & professional fees	162	162							
	21,683	21,408	275	0	0	0	0	0	0
Total resources expended	**198,190**	**130,335**	**694**	**1,060**	**62,031**	**3,382**	**687**	**0**	**0**
Net incoming / (outgoing) resources - for the quarter ended 30 June 2022	**674,161**	**435,710**	**4,306**	**1,940**	**169,025**	**1,618**	**35,313**	**0**	**26,250**
Funds at 1 April 2022 - unrestricted	300,910	300,910							
Funds at 1 April 2022 - restricted	11,478						11,478	0	0
Total funds at 30 June 2022	**986,549**	**736,620**	**4,306**	**1,940**	**169,025**	**1,618**	**46,791**	**0**	**26,250**

!
!
!

BALANCE SHEET AS AT 30 JUNE 2022

Fixed assets	
Computer equipment - cost	73,753
Computer equipment - additions	1,499
Computer equipment - depreciation b/fwd	(49,891)
Computer equipment - depreciation charge	(2,449)
	22,912
Current assets	
Grants receivable	121,000
VAT	(117)
	120,883
Bank accounts	
FnG current account	6,510
FnG high interest account	903,335
Blas Festival current account	4,015
Lochaber Development account	8,475
	922,335
Current liabilities	
Grants to Feisean awarded but unpaid	(4,919)
PAYE & National Insurance	(9,537)
Deferred income	(43,855)
Accrued expenses	(21,270)
	(79,581)
Net assets as at 30 June 2022	**986,549**

!
!
!

Tabhartasan nam Fèis 2022-23 leis na chaidh a phàigheadh gu 31 Lùnastal 2022

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 3.2022.03(d)

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£5,074.00	£4,676.00	£2,490.00	50	£495.00	£0.00	£12,735.00	£11,367.00	£1,368.00
Fèis Lochabair	√		£1,717.00	£1,583.00	£2,349.00	80	£792.00	£0.00	£6,441.00	£4,244.00	£2,197.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£2,914.00	£2,686.00	£1,400.00	80	£792.00	£0.00	£7,792.00	£5,494.00	£2,298.00
Fèis Chataibh	√		£3,083.00	£2,842.00	£718.00	20	£198.00	£0.00	£6,841.00	£0.00	£6,841.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Eige	√	√	£1,409.00	£1,299.00	£164.00	30	£297.00	£0.00	£3,169.00	£2,336.00	£833.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£1,074.00	£1,074.00	£0.00	£1,074.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£92.00	0	£0.00	£0.00	£92.00	£46.00	£46.00
Fèis na h-Òige	√		£1,926.00	£1,774.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,700.00	£2,775.00	£925.00
Fèis Air an Oir	√	√	£2,381.00	£2,195.00	£2,513.00	20	£198.00	£0.00	£7,287.00	£4,838.00	£2,449.00
Feis Ghleann Albainn	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Rois	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£985.00	£909.00	£658.00	0	£0.00	£0.00	£2,552.00	£1,750.00	£802.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£0.00	£0.00	£2,945.00	80	£792.00	£0.00	£3,737.00	£2,067.00	£1,670.00
Fèis Inbhir Narann	√		£1,063.00	£981.00	£1,610.00	70	£693.00	£0.00	£4,347.00	£0.00	£4,347.00
Fèis Spè	√		£1,425.00	£1,315.00	£1,155.00	50	£495.00	£0.00	£4,390.00	£3,005.00	£1,385.00
Fèis an Iar Thuath	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Thròndairnis	√	√	£1,996.00	£1,840.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£3,836.00	£2,877.00	£959.00
Fèis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£23,973.00**	**£22,100.00**	**£16,094.00**	**480**	**£4,752.00**	**£1,074.00**	**£67,993.00**	**£40,799.00**	**£27,194.00**
Comhairle nan Eilean Siar											
Fèis Tìr a' Mhurain	√	√	£2,983.00	£0.00	£101.00	40	£396.00	£0.00	£3,480.00	£0.00	£3,480.00
Fèis Eilean an Fhraoich	√		£4,600.00	£0.00	£697.00	60	£594.00	£0.00	£5,891.00	£4,245.00	£1,646.00
Fèis Tìr an Eòrna	√	√	£3,638.00	£0.00	£326.00	50	£495.00	£0.00	£4,459.00	£3,263.00	£1,196.00
Fèis Bharraigh	√	√	£2,896.00	£0.00	£2,106.00	60	£594.00	£0.00	£5,596.00	£0.00	£5,596.00
Fèis Eilean na Hearadh	√	√	£1,689.00	£0.00	£190.00	30	£297.00	£0.00	£2,176.00	£1,585.00	£591.00
Fèis an Rubha	√		£1,533.00	£0.00	£0.00	30	£297.00	£0.00	£1,830.00	£1,373.00	£457.00
Fèis Taigh Dhonnchaidh	√	√	£1,044.00	£0.00	£1,098.00	50	£495.00	£0.00	£2,637.00	£1,965.00	£672.00
Iomlan Comhairle nan Eilean Siar			**£18,383.00**	**£0.00**	**£4,518.00**	**320**	**£3,168.00**	**£0.00**	**£26,069.00**	**£12,431.00**	**£13,638.00**

Earra-Ghàidheal agus Bhòid											
Fèis Latharna	√		£3,212.00	£7,084.00	£1,560.00	0	£0.00	£0.00	£11,856.00	£11,076.00	£780.00
Fèis Mhuile	√	√	£330.00	£725.00	£0.00	10	£99.00	£0.00	£1,154.00	£867.00	£287.00
Fèis Thiriodh	√	√	£1,240.00	£2,738.00	£0.00	30	£297.00	£0.00	£4,275.00	£3,207.00	£1,068.00
Fèis Ìle agus Dhùira	√	√	£651.00	£1,453.00	£1,639.00	30	£297.00	£0.00	£4,040.00	£0.00	£4,040.00
Fèis na h-Apainne	√	√	£0.00	£0.00	£553.00	0	£0.00	£0.00	£553.00	£277.00	£276.00
Fèis Cheann Loch Goibhle	√		£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis an Tairbeirt	√		£0.00	£0.00	£1,774.00	40	£396.00	£0.00	£2,170.00	£1,184.00	£986.00
Iomlan Earra-Ghàidheal agus Bhòid			**£5,433.00**	**£12,000.00**	**£5,526.00**	**110**	**£1,089.00**	**£0.00**	**£24,048.00**	**£16,611.00**	**£7,437.00**
Sgìrean Eile/Bailtean Mòra											
Fèis Arainn	√		£5,896.00	£0.00	£396.00	25	£247.50	£6,392.00	£12,931.50	£4,806.00	£8,125.50
Fèis Mhoireibh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	15	£148.50	£0.00	£148.50	£0.00	£148.50
IOMLAN InG	**37**	**23**	**£53,685.00**	**£34,100.00**	**£26,534.00**	**950**	**£9,405.00**	**£1,074.00**	**£131,190.00**	**£74,647.00**	**£56,543.00**
Fèis Dhùn Èideann			£2,663.00	£0.00	£3,010.00	80	£792.00	£3,235.00	£9,700.00	£4,097.00	£5,603.00
Fèis Obair Dheathain			£678.00	£0.00	£0.00	20	£198.00	£0.00	£876.00	£658.00	£218.00
Feis Dhùn Bhreatainn			£0.00	£0.00	£641.00	10	£99.00	£0.00	£740.00	£396.00	£344.00
Fèis Lannraig a Tuath			£1,725.00	£0.00	£212.00	0	£0.00	£0.00	£1,937.00	£1,400.00	£537.00
Fèis Fhoirt			£2,738.00	£0.00	£2,023.00	55	£544.50	£0.00	£5,305.50	£3,475.00	£1,830.50
Fèis Ghlaschu			£3,813.00	£0.00	£0.00	30	£297.00	£0.00	£4,110.00	£3,813.00	£297.00
Fèis Chille Brìghde an Ear			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Innis an Uillt			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis an Iar Dheas			£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis Phàislig			£7,065.00	£0.00	£3,127.00	80	£792.00	£0.00	£10,984.00	£7,457.00	£3,527.00
Fèis Thatha			£1,363.00	£0.00	£0.00	10	£99.00	£0.00	£1,462.00	£1,098.00	£364.00
Iomlan Sgìrean Eile/Bailtean Mòra			**£25,941.00**	**£0.00**	**£9,409.00**	**325**	**3,218**	**£9,627.00**	**£48,194.50**	**£27,200.00**	**£20,994.50**
			Prìomh Thabhartas Fèise	**Maoin Ùghdarras Ionadail**	**Tabhartas Leantainneach**	**Uairean a rèir Bliadhna**	**Tabhartas Uairean Bliadhnail**	**Sgeama Leasachaidh**	**Tabhartas Iomlan air a Thabhann**	**Còrr Pàighte**	**Còrr gun rèiteach**
GU H-IOMLAN			**£ 73,730.00**	**£ 34,100.00**	**£ 35,547.00**	**1,235**	**£ 12,226.50**	**£ 10,701.00**	**£ 166,304.50**	**£ 97,041.00**	**£ 69,263.50**

REGISTERED COMPANY NUMBER: SC130071 (Scotland)
REGISTERED CHARITY NUMBER: SC002040

Report of the Trustees and

Financial Statements for the Year Ended 31 March 2022

for

FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

Mann Judd Gordon Ltd
Registered Auditors &
Chartered Accountants
26 Lewis Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2JF

Contents of the Financial Statements for the Year Ended 31 March 2022

	Page
Report of the Trustees	1 to 7
Report of the Independent Auditors	8 to 11
Statement of Financial Activities - Group	12
Statement of Financial Activities – Charity Only	13
Balance Sheet - Group	14
Balance Sheet – Charity Only	15
Cash Flow Statement - Group	16
Notes to the Cash Flow Statement - Group	17
Cash Flow Statement – Charity Only	18
Notes to the Cash Flow Statement – Charity Only	19
Notes to the Financial Statements	20 to 30
Detailed Statement of Financial Activities	31 to 33

Report of the Trustees
for the Year Ended 31 March 2022

The trustees who are also directors of the charity for the purposes of the Companies Act 2006, present their report with the financial statements of the charity for the year ended 31 March 2022. The trustees have adopted the provisions of Accounting and Reporting by Charities: Statement of Recommended Practice applicable to charities preparing their accounts in accordance with the Financial Reporting Standard applicable in the UK and Republic of Ireland (FRS 102) (effective 1 January 2019).

OBJECTIVES AND ACTIVITIES

Objectives and aims

Fèisean nan Gàidheal's mission is to inspire young people to value our culture - a' toirt ar dualchais do ar n-òigridh.

The organisation's ambition is to develop the creative talent of young people by supporting opportunities for communities across Scotland to engage with and enjoy Gaelic arts and culture, promoting traditional arts and Gaelic language as unique and defining assets that contribute to Scotland's distinctiveness.

Fèisean nan Gàidheal operates across four main areas of activity:
1. Support and Development of Fèisean
2. Enhancement of Skills & Creative Talent
3. Enhancement of Gaelic Arts & Culture in Creative Learning
4. Audience Engagement and Development

In addition, the organisation aims for high standards in governance with an active Board of Trustees, full assessment of risk and careful management ensure Fèisean nan Gàidheal’s work proceeds safely. The organisation aims to deliver equality, diversity and inclusion in all aspects of its programme.

ACHIEVEMENT AND PERFORMANCE

Performance against objectives

2021-22 was a year in which Fèisean nan Gàidheal sought to sustain and begin to rebuild the Fèis movement during the ongoing Covid pandemic. While the removal of lockdown restrictions and the introduction of the vaccination programme meant more freedom, many people remained uncomfortable about mixing with crowds of others and some venues remained unavailable to local Fèisean. These factors had an impact on numbers of participants.

Our programme of work for the year was agreed with Creative Scotland, HIE and Bòrd na Gàidhlig and Fèisean nan Gàidheal acknowledges the flexibility and support of its principal funders throughout the past two years. Likewise, all the bodies with which Fèisean nan Gàidheal worked as it continued to deliver a range of activities for The Highland Council, Argyll & Bute Council, High Life Highland and other local authorities and public bodies.

A number of Fèisean continued with online classes, took part in *Summer of Hope* activities, held in the open air, during the summer of 2021 and were able to start offering face to face activities again towards the end of the financial year.

The #cleachdi initiative continued, in which Fèisean nan Gàidheal partnered with Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig and other bodies. However, demand for online activities diminished once people had freedom of movement following lockdown periods. Although online Fèisean and hybrid delivery of other activities continued during the year, numbers participating were smaller than had been the case during those periods.

While challenges continued to be evident, there were some notable opportunities.

Additional funds were secured from Creative Scotland to support residencies for 17 musicians in 9 Fèisean through the *Treòir* programme. Over the ensuing 6 months regular music classes were offered to nursery groups as well as hard to reach young people in some of the most socio-economically challenged communities in Scotland.

During the year, the Scottish Government's Islands Team invited Fèisean nan Gàidheal to offer a programme of work across all of Scotland's islands during the 2021-22 school year. Organised through Fèisgoil, Treòir | Voar | Virr was developed to employ artists on a regular basis, offer training to boost resilience and engage pupils with cultural activities following a year of disruption in schools.

Our regular Fèisgoil services were in demand too. In addition to Blasad Gàidhlig sessions in schools, Fèisgoil delivered Gaelic Awareness training and continued to offer drama work in schools. Most of the drama content had to be filmed but was accompanied by live online workshop sessions with schools. Work was offered to Gaelic medium schools and departments as well as schools where Gaelic is taught as an additional language and nursery groups. The regular, online Café Bheairteis continued, organised by a group of young people to strengthen their use of Gaelic each Friday afternoon.

Residential events were not possible in 2021, but elements of the Sgoil Shamhraidh Dràma and Fèis Alba were offered online. The normal programme of Cèilidh Trails was also curtailed but some Fèisean offered a programme of summer music performed, for the most part, outdoors.

Gaelic song-writing was supported through new compositions for the annual panto in December and a series of 22 new Gaelic songs were recorded for a project Fèisean nan Gàidheal delivered along with e-Sgoil.

The Blas Festival went ahead in November 2021, with particular thanks to The Highland Council for its ongoing partnership in running the festival. It took place just prior to further disruption with the Omicron variant of Covid and the festival offered 31 live concerts, 8 of which were livestreamed plus 37 online events. Blas attracted an audience of 12,991. Kin Carnie was offered the 2021 Blas commission and her piece, *Buaidh nam Ban*, explored women Gaelic poets, including Màiri Mhòr nan Òran in the year 200 years since that bàrd's birth was marked.

FèisTV's output continued with a large number of activities and events offered online and we commissioned a further 11 series of lessons to expand the *Oide* tuition service.

A fuller account of the year's programme, with statistics, is included in Fèisean nan Gàidheal's published Annual Report available on the organisation's website.

ACHIEVEMENT AND PERFORMANCE

Fundraising activities

Income from Fèisean nan Gàidheal's programme was again reduced due to the Covid pandemic with normal registration fees and tuition fees not being payable.

The organisation's longer-term funding agreements with Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig were extended, leaving staff free from bidding processes when their focus was on recovery from Covid. A long-term regular funding arrangement with HIE came to an end in March 2021 and Fèisean nan Gàidheal is extremely grateful to HIE for its support over a long number of years.

The security of agreements with Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig enabled Fèisean nan Gàidheal to lever in additional funds including those secured from the Islands Team at the Scottish Government for the Treòir | Voar | Virr programme. Towards the end of the financial year, Fèisean nan Gàidheal received good news about additional funds available from Creative Scotland to enable recovery from Covid, the output generated from which will be evident in next year's accounts.

The Fèisgoil service again contributed significantly to Fèisean nan Gàidheal's income through the delivery of contracts for third parties, including a number of local authorities, public bodies and e-Sgoil, the management fees from which were reinvested to ensure funding for Fèisean is protected as much as possible.

While local authority funding remained challenging a contract was secured with Argyll & Bute Council for the Fèisean in that area and also to part-fund the Development Officers who support them. The Highland Council continued to fund the local Fèisean and the 2021 Blas Festival.

Finally, we received confirmation from Creative Scotland of an increase in funds for Tasgadh. Along with Maoin nan Ealan Gàidhlig, those devolved funds enabled us to support many artists and groups outwith the Fèisean.

Internal and external factors

Staffing remained stable during the year and Fèisean nan Gàidheal all continued to work from home with every effort made to ensure they were equipped to do so with their wellbeing to the forefront. One member of staff was on maternity leave and a new, part-time Fèisgoil Administrator was employed.

Contractors augmented the core staff team during the year, in particular Sandy Gray (Child Protection Coordinator), Chrissie Macrae (Blas Coordinator) and Katie Mackenzie (Press/PR).

During the year Fèisean nan Gàidheal continued to support young people involved in decision-making within the organisation. Katie MacInnes and Kirsty MacDougall contributed at Board meetings and Finlay MacLennan, through a partnership with Young Scot, continued to gain work experience with Fèisean nan Gàidheal. Three other young people were involved in the Café Bheairteis steering group along with Finlay and he, and Luke MacLeod, joined the Blas Programming Group.

Staff worked diligently across the range of services and projects in which Fèisean nan Gàidheal was involved, rather than sticking rigidly to job descriptions. As a result of their flexibility, a very full programme was again delivered with a relatively small team in difficult circumstances.

The principal external factor which affected Fèisean nan Gàidheal's programme was the Covid pandemic, the impact of which is outlined previously. Covid is likely to continue affecting activities for the immediate future and, in terms of Fèisean nan Gàidheal's programme, it could be some time before people feel comfortable attending events or allowing their children to take part in activities.

That, along with the expected rise in the cost of living, may mean fewer parents being able to afford to pay for their children to participate in Fèis activities and the effect of that remains to be seen. However, Fèisean nan Gàidheal is acutely aware of its responsibilities to ensure access to cultural activities and may need to revise its support of Fèisean to ensure that. In a standstill funding environment, that presents a challenge.

FINANCIAL REVIEW

Financial position

The 2020-21 outturn is satisfactory and sums have been accrued for several projects which will be undertaken in 2021-22. Covid recovery grants were paid to Fèisean to facilitate the re-establishment of their activities once regulations allow for such.

Principal funding sources

Fèisean nan Gàidheal received grant-aid from a variety of bodies notably Creative Scotland, Highlands & Islands Enterprise and Bòrd na Gàidhlig. We also secured contract income from The Highland Council, Argyll & Bute Council, High Life Highland, Falkirk Council, An Comunn Gàidhealach, National Rail, Highlands & Islands Airports Ltd and a number of other bodies for which we delivered services.

FINANCIAL REVIEW

Reserves policy

Fèisean nan Gàidheal has again maintained a healthy reserve having achieved its aim of maintaining at least 3 months' operating costs in reserve at all times. While it is reduced from the previous year, this should be viewed in the context of the 2020-21 outturn having resulted in a higher than usual reserve. The average reserve in the two years prior was £317,000.

Management fees received for delivering contracts such as Blas and Fèisgoil activities enabled the organisation to reinvest in the activities of local Fèisean.

Reserves are principally to enable the organisation to fulfil contractual obligations in the event it requires to be wound up. The only likely scenario in which this would occur would be if funding from its major stakeholder, Creative Scotland, were to be withdrawn. It is likely there would be around 6 months' notice if that were to happen and, if reorganisation proved impossible, reserves would enable Fèisean nan Gàidheal to cover redundancy payments, other liabilities and obligations, currently estimated to cost a maximum of £248,000. Given the period of notice attached to the withdrawal of funding, it is very likely the company could be wound up with lower costs but, with unrestricted funds in excess of £312,000, it should cope with such a scenario.

FUTURE PLANS

In common with all organisations across Scotland, Covid-19 has curtailed Fèisean nan Gàidheal’s programme delivery during 2021-22. While it remains difficult to predict what lies ahead, Fèisean nan Gàidheal’s Board agreed a new Programme Plan for 2022-27 with the acknowledgement that it may need to be revised continuously in light of external factors.

Covid is likely to continue affecting activities for the immediate future and, in terms of Fèisean nan Gàidheal's programme, it could be some time before people feel comfortable attending events or allowing their children to take part in activities.

The pandemic has highlighted the precarious nature of working as a freelance artist but it has also confirmed the extent to which the Gaelic language and participation in associated cultural activities contributes to wellbeing. Artists are at the centre of that. In its focus on restarting Fèis activities, and in future plans, Fèisean nan Gàidheal will continue to identify as many ways as possible in which to engage artists in work which contributes to their livelihoods and wellbeing.

